

# Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Am Màrt 2022 - Air ùrachadh



Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

# CLAR-INNSE

## Cuspair

1. Ro-ràdh.....	1
2. Foghlam Gàidhlig: reachdas.....	2
3. Foghlam Gàidhlig: poileasaidh.....	5
4. Foghlam Meadhan Gàidhlig.....	7
5. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ag obair còmhla ri pàrantan.....	12
6. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd.....	13
7. Foghlam Meadhan Gàidhlig: làn-bhogadh, a' gabhail a-steach measadh.....	15
8. Foghlam Meadhan Gàidhlig: an ìre-bogaidh (bogadh san Fhoghlam Fharsaing Choitcheann bho deireadh P3/toiseach P4 suas).....	21
9. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ìrean àrd-sgoile.....	23
10. Foghlam Meadhan Gàidhlig: a' leasachadh fileantachd le prògram air a dhealbh airson cànan, gràmar agus briathrachas.....	32
11. Foghlam Meadhan Gàidhlig: A' gluasad air adhart.....	34
12. Foghlam Meadhan Gàidhlig: Modh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan.....	35
13. Foghlam Meadhan Gàidhlig: a' cruthachadh feallsanachd airson na Gàidhlig ann an sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig is ann an suidheachaidhean eile.....	36
14. Foghlam Meadhan Gàidhlig: luchd-ionnsachaidh le feumalachdan a-bharrachd... ..	38
15. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.....	40
16. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig: curraicealam 3-18 agus Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2.....	41
17. Ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar na Gàidhlig.....	50

## 1. Ro-ràdh

1.1 Tha a' Chomhairle seo a' toirt seachad fiosrachadh cudromach mun cho-theacsa nàiseanta, agus a' toirt mion-chunntas air a' mhodh-cleachdaidh as fheàrr gus taic a thoirt do luchd-obrach is ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' measadh agus a' planadh airson leasachadh ann am Foghlam Gàidhlig.

1.2 Tha a' Chomhairle seo stèidhichte air fianais bho sgrùdaidhean, lèirmheasan agus fèin-mheasadh dearbhte, a' dèiligeadh ris a h-uile earrann de dh'Fhoghlam Gàidhlig; agus obair eile le measgachadh de luchd-ùidh. Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim a' Chomhairle ann an sgrùdaidhean; gus taic a thoirt do chonaltradh is ionnsachadh proifeiseanta an uair a thathar a' dèiligeadh ri proifeiseantaich; agus mar chlàr-ghnìomh an uair a thathar a' conaltradh ri com-pàirtichean.

1.3 Tha Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim dealasach a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh gus solair de dh'àrd-chàileachd fhaighinn airson Foghlam Gàidhlig. Is e na prìomh raointean air an tèid fòcas a chur: am feum a th' ann air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan ann leis na teisteanasan iomchaidh, agus air stòrasan gus taic a thoirt do dh' ionnsachadh is do theagasg. Leanar air adhart ag ùrachadh 's a' cur ris a' Chomhairle thar ùine. Leanaidh Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim air adhart a' cur fiosrachadh mun Ghàidhlig ri Parentzone gus am bi fios aig pàrantan dè bu chòir dhaibh a bhith a' sùileachadh bho Foghlam Gàidhlig.

1.4 Tha trì pàirtean eadar-cheangailte ann am Foghlam Gàidhlig. Is iad sin:

- Foghlam Meadhan na Gàidhlig (FMG);
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI ); agus
- Ag Ionnsachadh mu Chànan is mu Chultar na Gàidhlig (CCG) mar phàirt de dhearbh-aithne na h-Alba.

## 2. Foghlam Gàidhlig: reachdas

2.1 Tha reachdas agus ceumannan air a bhith air an cur an àite a tha air leudachadh 's air neartachadh a dhèanamh air leasachadh Foghlam Gàidhlig. Tha iad sin a' gabhail a-steach: **Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980; Riaghailtean Tabhartasan Sònraichte**; agus **Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba 2000**. Tha Achd 2000 a' toirt còir do phàrantan an clann oideachadh a rèir am miann fhèin.

2.2 Ghabh Comhairle na h-Eòrpa ris **A' Chlàr Eòrpach airson Cànanan Roinneil no Mion-Chànanan** ann an 1992 gus a bhith a' dìon 's ag adhartachadh mion-chànanan dùthchasach na h-Eòrpa. Tha an Clàr ag amas air a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cànanan roinneil no mion-chànanan air an cleachdadh ann am foghlam agus anns na meadhanan, a bhith a' leigeil air adhart 's a' brosnachadh an cleachdadh ann an co-theacsaichean laghail is riaghlaidh, ann am beatha eaconamach is sòisealta, airson tachartasan cultarail agus ann an iomlaidean thar chrìochan. Chuir Riaghaltas na RA an ainm ris a' Chlàr ann an 2000 agus dhaingnich iad e ann an 2001 a thaobh na Gàidhlig is Albais. Tha an Clàr a' cur an cèill sreath de dh'ochd phrionnsapalan is amasan bunaiteach a thathar a' moladh dha na stàitean a chur an ainm ris a' chleachdadh airson a bhith a' stèidheachadh am poileasaidhean, an reachdas 's am modhan-cleachdaidh, agus a thathar a' meas mar a bhith a' tabhann an fhrèama riatanach a thaobh a bhith a' gleidheadh nan cànanan sin.

2.3 Tha **Achd na Gàidhlig (Alba) 2005** ag amas air a bhith a' daingneachadh inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, le inbhe a tha co-ionann ris a' Bheurla. Tha an t-Achd a' togail air ceumannan a th' ann a cheana gus taic a thoirt do chòraichean na Gàidhlig is do mhion-chànanan eile, a' gabhail a-steach: Foirgheall nan Nàiseanan Aontaichte mu Chòraichean Dhaoine le buntanas ri Mion-chuidean Nàiseanta no Cinneachail, Cràbhach agus Cànanach (1992); An Clàr Eòrpach aig Comhairle na h-Eòrpa airson Cànanan Roinneil no Mion-chànain (1992); Frèam-obrach Gnàthas Dìon Mion-chuid Nàiseanta (1995); is clasaichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann am foghlam, na meadhanan, cùirtean sìobhalta agus reachdas croitearachd, pàrlamaidean na RA agus na h-Alba.

2.4 Fo Achd 2005, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig a bhith ag adhartachadh agus a' furastachadh cleachdadh is tuigse air cànan, cuide ri foghlam is cultar na Gàidhlig. Fon Achd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh gach còig bliadhna, agus a chur gu Ministearan na h-Alba. Mar sin, tha seasamh laghail aig Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e a' comharrachadh nam prìomhachasan as cudromaich do dh'Alba gus stèidh thèarainte a thoirt dhan Ghàidhlig san àm ri teachd le meudachadh san àireamh de dhaoine a bhios ga cleachdadh mar chànan conaltraidh. Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail ann a bhith ag ullachadh 's a' cur an sàs Planaichean Gàidhlig. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig stiùireadh ullachadh is a chur gu Ministearan na h-Alba mu sholair Foghlam Gàidhlig agus a thaobh leasachadh a leithid sin de sholair.

2.5 Is e prìomh adhbhar **Achd Co-chomhairleachaidh Sgoiltean (Alba) 2010** a bhith ag ùrachadh 's a' neartachadh nan cleachdaidhean agus nam modhan-obrach co-chomhairleachaidh reachdail a bhios ùghdarrasan ionadail a' cur an sàs an uair a

bhios iad a' dèiligeadh ri molaidhean a thaobh dùnadh sgoiltean agus atharrachaidhean mòra eile an lùib sgoiltean. Tha an t-Achd cuideachd a' sònrachadh gum feumar comhairle a ghabhail bho Bhòrd na Gàidhlig an uair a tha moladh a' toirt buaidh air Foghlam Meadhan na Gàidhlig, a leithid:

- suidheachadh far a bheilear a' dol a thòiseachadh air Foghlam Meadhan Gàidhlig no an uair a thathar a' dol ga sgar,
- nam biodh sgìre-sgoile air a stèidheachadh as ùr
- no an uair a bhios atharrachadh air sgìre-sgoile a bheir buaidh air Foghlam Meadhan Gàidhlig.

**2.6 Tha na Riaghailtean airson Riatanasan a thaobh Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd 2013** a' ciallachadh gum feum gach ùghdarras ionadail plana trì bliadhna a leasachadh a chuireas an cèill mar a thèid ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd a libhrigeadh. Feumaidh ùghdarrasan ionadail comhairle a chur ri com-pàirtichean ann a bhith ag ullachadh nam planaichean sin, a' toirt fianais air measadh air feum, a' gabhail a-steach feumalachdan dhaoine òga. Bidh a' chiad phlana den t-seòrsa seo suidhichte mun t-Sultain 2015.

**2.7 Tha Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) 2014** ag amas air a bhith a' meudachadh an t-solair a thaobh tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne gus builean a leasachadh a thaobh cloinne, gu sònraichte iadsan bho shuidheachaidhean mì-leasaichte; gus taic a thoirt do phàrantan a bhith ag obair, tèarainteachd eaconamach a thoirt dhan teaghlaichean agus slighean a-mach à cion-cosnaidh is bochdainn; agus gus taic a thoirt do phàrantan le cosgaisean tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne. Tha an t-Achd 's an stiùireadh reachdail a tha na cois cuideachd a' buntainn ri tràth-ionnsachadh is cùram chloinne, cùram làitheil is cùram taobh a-muigh na sgoile a tha ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig mar phàirt de dh'Fhoghlam Meadhan Gàidhlig.

**2.8** Tha ullachaidhean airson na Gàidhlig ann an Achd Foghlam (Alba) 2016. Tha iad sin airson dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan foghlaim a' measadh an fheum a tha ann airson a bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Faodaidh pàrant leanabh nach eil fhathast air tòiseachadh san sgoil iarraidh air an ùghdarras foghlaim ionadail measadh a dhèanamh air an fheum a tha ann airson Foghlam Mheadhan na Gàidhlig. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn air [làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#). Is e feart cudromach den Achd seo gu bheil e a' cur ann an àite pròiseas amail, reachdail a leanas ùghdarrasan ionadail air dhaibh iarrtas fhaighinn bho phàrant. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Sgoiltean an sàs sa phròiseas reachdail. Bidh iad ag ullachadh aithisg neo-eisimeileach agus cothromach air an dearbhadh cùise solair Foghlam Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh. Is urrainn dha ùghdarrasan foghlaim, mar a tha a' tachairt an-dràsta, a thighinn gu co-dhùnadh Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh aig àm sam bith gun am pròiseas reachdail seo a leantainn. Tha dà dhleastanas cuideachd aig ùghdarrasan poblach agus foghlaim ann an Achd Foghlam (Alba) 2016 gus cuideachadh le planadh ro-innleachdail airson leasachadh. Is iad sin:

- gu gnìomhach ag adhartachadh Foghlam Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; agus
- a' toirt taic do Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig far a bheil e air a thabhann.

2.9 Tha an **Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017** a' mìneachadh nan eileamaidean eadar-dhealaichte a tha mar bhun-stèidh air Foghlam Gàidhlig ann an Alba. Tha e a' stèidheachadh modh-obrach cuimsichte, cunbhalach agus lèirsinn shoilleir airson a bhith a' cur an sàs Foghlam Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha an Stiùireadh a' toirt stiùir shoilleir do dh'ùghdarrasan ionadail agus poblach san dreuchd aca airson seo. Tha e cuideachd a' cur an sàs pròiseasan a thèid a leantainn an uair a thèid iarrtas fhaighinn bho phàrant gus measadh a dhèanamh air an fheum a bhith a' stèidheachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig.

### 3. Foghlam Gàidhlig: poileasaidh

3.1 Tha an **Curraicealam airson Sàr-mhathais** ag amas air a bhith a' toirt gu buil atharrachadh air foghlam ann an Alba le bhith a' tabhann curraicealam bho 3-18 a tha nas rianaile, nas sùbailte agus nas beairtiche. Tha an curraicealam a' gabhail a-steach iomlanachd nam fèin-fhiosrachaidhean a th' air an dealbh airson na cloinne agus nan daoine òga ge bith càite a bheil iad air an oideachadh. Ann a bhith a' cur a' Churraicealam airson Sàr-mhathais an cèill feumaidh e leantainn air adhart gu fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha leasachadh nan ceithir chomasan cuideachd na fheart chudromach airson na Gàidhlig. Tha sinn ag oideachadh dhaoine òga gu bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail gus an coilean iad aig ìre cho àrd 's a ghabhas a bhith nan saoranaich chunntachail a bhios a' com-pàirteachadh ann 's a' cur gu h-èifeachdach ris a' chomann aca 's a bhith nan daoine òga misneachail is cinnteach asta fhèin aig a bheil sgilean, luachan agus comas cuideachadh a thoirt seachad.

3.2 Tha **Leasachadh Sgioba-obrach Òga na h-Alba** a' leantainn air adhart le bhith a' leasachadh na h-ìre as sine, *Insight* agus **Aontaichean Ghnìomhan 16 plus** a' toirt chothroman ùra do sgoiltean, colaistean, gnothachasan, Leasachadh Sgilean Alba a bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach gus ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh le co-thàthadh bhon fhoghlam fharsaing choitcheann chun na h-ìre as sine. Tha an ìre as sine den Churraicealam airson Sàr-mhathais gu mòr an urra ri bhith ag obair ann an com-pàirteachas èifeachdach le raon de luchd-solair ann an raon de shuidheachaidhean ionnsachaidh. Tha dreuchd chudromach aig ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd agus aig an earrann obair-òigridh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad nan com-pàirtichean libhrigidh cudromach, a' tabhann chothroman luachmhor do dhaoine òga airson ionnsachadh is leasachadh pearsanta, anns an sgoil agus taobh a-muigh na sgoile.

3.3 Tha an aithisg **Ionnsachadh Cànan an Alba: Modh-obrach 1+2** a' cur an cèill frèam àrd-amasach airson a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh cànan ann an sgoiltean na h-Alba. Tha i a' toirt dealbh air frèam airson ionnsachadh stèidhichte air a' chànan mhàthaireil agus air dà chànan a thuilleadh air sin san fhoghlam fharsaing choitcheann a bhios a' dol air adhart gu duaisean is teisteanasan aig an ìre as sine. Tha an dà chuid Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam Meadhan Gàidhlig aig teis-mheadhan an fhrèama seo.

3.4 Tha buidhnean-òigridh nam prìomh chom-pàirtichean ann a bhith a' toirt air adhart ionnsachadh airson seasmhachd, a bhios a' gabhail a-steach ionnsachadh a-muigh, foghlam leasachadh seasmhach agus saoranachd chruinneil. Tha an aithisg **Ionnsachadh airson Seasmhachd**<sup>1</sup> ag amas air a bhith a' togail nan luachan, nam beachdan, an eòlais, nan sgilean 's a' mhisneachd a dh'fheumar gus cleachdaidhean a leasachadh agus a thighinn gu co-dhùnaidhean a bhios co-fhreagarrach ri comann a tha seasmhach is co-ionann.

---

<sup>1</sup> [Ionnsachadh airson Seasmhachd](#) (Riaghaltas na h-Alba Dùbhlachd 2012)

3.5 Tha fòcas aig ***Ginealaichean ag Obair Còmhlà***<sup>2</sup> air cleachdadh eadar-ghinealach a tha in-ghabhalach, a' togail air na stòrasan deimhinneach as urrainn do dhaoine òga is aosta a thoirt do chàch a chèile agus don choimhearsnachd san fharsaingeachd. Is urrainn do bhuidhnean òigridh is do dhaoine òga barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig a chur air adhart eadar ghinealaichean agus a bhith a' cur ri bhith a' togail suas ionnsachadh a tha nas co-thàthaichte.

---

<sup>2</sup> [Ginealaichean ag Obair Còmhlà](#)



## 4. Foghlam Meadhan Gàidhlig

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig stèidhichte air prionnsapalan-bogaidh leis a' chloinn a' faighinn nam buannachdan air fad a tha an lùib dà-chànanas.
- Canar 'làn-bhogadh' ris an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, far nach eil cànan sam bith eile air a chleachdadh. Tha seo air a leantainn le 'ìre-bogaidh' suas gu, agus a' gabhail a-steach, an ìre as sine.
- Feumaidh clann is daoine òga a bhith misneachail chun na h-aon ìre ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig 's na Beurla agus a bhith comasach an dà chànan a chleachdadh ann an làn-raon de shuidheachaidhean taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile.
- Tha an aon bhunait, stèidhichte air prionnsapalan-bogaidh, aig gach solair Foghlaim Meadhan Gàidhlig, ge bith an e solair Gàidhlig leis fhèin a th' ann ris an canar sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean Meadhan na Gàidhlig, no nuair a tha e air a libhrigeadh ri taobh foghlam tro mheadhan na Beurla.

4.1 Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig, stèidhichte air prionnsapalan-bogaidh 's air an fhileantachd a thig na chois, air aithneachadh mar an dòigh as fheàrr air a bhith a' toirt gu buil àm ri teachd a tha seasmhach airson na Gàidhlig. Tha clann a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' faighinn uile bhuanachdan dà-chànanais dhaibh fhèin. Do chuid, tha am fileantachd sa Ghàidhlig a' tòiseachadh san dachaigh le cloinn a' faighinn buannachd bho bhith a' cluinntinn is a' cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha an teaghlach 's an togail. A thaobh cuid eile, tha iad gu mòr an urra ri suidheachaidhean-ionnsachaidh a bhith air an cruthachadh dhaibh gus am fileantachd a leasachadh. Dh'fhaodadh gur ann a thigeadh seo le bhith a' frithealadh solair cluiche 0-3, mar eisimpleir. Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig a' tòiseachadh ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh is cùram chloinne is a' leantainn air adhart tron bhun-sgoil 's tron àrd-sgoil. Tha ionnsachadh den t-seòrsa seo ri fhaotainn don chloinn agus do na daoine òga air fad ann an 15 de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha aontaidhean com-pàirteachais ann cuideachd eadar ùghdarrasan a tha san nàbachas a tha a' meudachadh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Chan fheum an luchd-ionnsachaidh a bhith bho dhachaighean far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn. Tha iad a' tòiseachadh ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha e nas fheàrr ma thòisicheas iad ann an suidheachadh tràth-ionnsachaidh no cùram chloinne no ann am P1. Tha cothroman aig clann is aig daoine òga cuideachd a bhith a' cleachdadh 's a' leasachadh an sgilean cànan ann an raon de cho-theacsaichean taobh a-muigh ionnsachadh na sgoile, agus a bhith a' leantainn orra a' cur rin ionnsachadh 's a' faighinn aithne le duaisean is teisteanasan.

4.2 Tha aithisg an HMI *Foghlam Gàidhlig: A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean (2011)* a' cur an cèill **dà bhuil fad-ùine airson Foghlam Meadhan Gàidhlig 3-18**. Is iad sin gu bheil clann is daoine òga:

- a' faireachdainn a' cheart cho misneachail an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla; agus
- comasach an dà chuid air Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh ann an làn raon de shuidheachaidhean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile/suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne.

4.3 Mar a bhios clann agus daoine òga ag obair a dh'ionnsaigh nam builean sin, tha feum aca air aithne fhaighinn a thaobh an adhartais 's an coileanadh tro:

- bhith a' cleachdadh measadh gu cunbhalach;
- thidsearan a bhith a' sgrùdadh 's a' tracadh adhartas is coileanadh; agus
- chreideasachadh leithid dhuaisèan is theisteanasan a tha a' gabhail a-steach gach taobh den churraicealam.

4.4 Mar as trice, **chan i a' Ghàidhlig a' chiad chànan a th' aig a' mhòr chuid de chlann a tha a-nis a' dol a-steach gu Foghlam Meadhan Gàidhlig.** Mar thoradh air sin, tha e gu mòr an urra ri luchd-obrach ann an sgoiltean 's ann an suidheachaidhean eile a bhith a' leasachadh fileantachd an luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig. Ach, chan urrainn dhaibh seo a dhèanamh leotha fhèin. Sa chleachdadh as fheàrr, bidh iad a' faighinn taic bho fhileantaich, bho sgoiltean eile/suidheachaidhean ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, bho cholaistean, bho ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, bho theaghlachan is bhuidhnean Gàidhlig. Tha seo a' cur Foghlam Meadhan Gàidhlig na uallach air a h-uile duine, agus ag aithneachadh nach ann san t-seòmar-sgoile/seòmar-cluich a-mhàin a tha ionnsachadh a' gabhail àite. Ach, tha clann is daoine òga a' cur seachad tòrr dhen ùine aca ag ionnsachadh ann an sgoiltean. Rè na h-ama seo, tha còir aca air a bhith a' faighinn fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd mar phàirt de Fhoghlam Meadhan Gàidhlig. Aig teis mheadhan an fhèin-fhiosrachaidh seo tha gu bheil ionnsachadh na cloinne is nan daoine òga a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig stèidhichte air **prionnsapalan-bogaidh cànan.**

4.5 Canar '**làn-bhogadh**' ris an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig far nach eil cànan sam bith eile air a cleachdadh. Tha làn-bhogadh air a leasachadh taobh a-staigh co-theacsa Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) 2014 far a bheil bogadh air a thoirt air adhart taobh a-staigh àrainn a tha cùramach is àrachail. Is e an t-aon uair nach bithear a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin, far am bithear a' toirt cofhurtachd do leanabh a tha troimhe-chèile agus ann an suidheachadh èiginn no airson a bhith a' mìneachadh chùisean co-cheangailte ri slàinte, sàbhailteachd is sunnd. Do chuid de chlann, tha an t-ionnsachadh aca ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig làimh ri làimh ris an t-solar airson meadhan na Beurla. Do chuid eile is e an co-theacsa: suidheachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig airson tràth-ionnsachadh is cùram chloinne no sgoil fa leth. Sa chiad shuidheachadh tha làn-bhogadh nas dùbhланаich a choileanadh taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile/solar ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, ged nach bu chòir do sgoiltean seachnadh a bhith ag amas air seo a dhèanamh. Thathar a' cur ri ionnsachadh san t-seòmar-sgoile sa bheil làn-bhogadh le cothroman a bhith a' cluinntinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsaichean taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile.

4.6 Is e an ath ìre de dh'ionnsachadh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig an '**ìre-bogaidh**'. San ìre seo, thathar a' leantainn air adhart a' teagasg a' churraicealaim air fad tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan de dh'ionnsachadh mar a tha sin air a mhìneachadh ann an *Togail a' Churraicealam 3*. Bu chòir do sgrùdadh is tracadh nan tidsear air adhartas agus coileanadh daingneachadh gu bheil stèidh thèarainte aig a' chloinn a thaobh na Gàidhlig agus gum faod iad a dhol air adhart gu

bhith a' leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla. Tha a' Bheurla air a teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an ìre-bogaidh a' tòiseachadh ann an P3/P4, mar a chithear bho fhianais nan tidsear a thaobh sgrùdadh is tracadh air adhartas is coileanadh, agus a' leantainn air adhart chun na h-àrd-sgoile. Rè na h-ìre-bogaidh, bidh amannan ann nuair a bhios a' chlann agus na daoine òga a' tilleadh gu fèin-fhiosrachadh air làn-bhogadh. Bidh seo gus dèiligeadh ri bhith a' call misneachd a thaobh fileantachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlán, leud is doimhneachd san ionnsachadh.

**4.7** Feumaidh e a bhith an comas dha na sgoiltean sin do nach eil e comasach a bhith a' leantainn gu h-iomlan ris na modhan-obrach sin a thaobh bogaidh mar phàirt de dh'Fhoghlam Mheadhan Gàidhlig, mar thoradh air dìth luchd-obrach mar eisimpleir, sealltainn gu bheil iad ag obrachadh a dh'ionnsaigh a bhith ga chur an cèill. Tha làn-bhogadh a' leantainn air adhart gu làn-fhileantachd. Tha **modalan eile ag adhbharachadh lagachadh ann am fileantachd** agus mar sin chan eil iad co-chòrdail ri bhith a' leasachadh Foghlam Mheadhan Gàidhlig a tha làidir is seasmhach. Canaidh cuid de sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail 'an ìre dà-chànanach' ris an ìre às dèidh làn-bhogadh agus bidh iad a' leigeil leis a' Bheurla cus smachd a bhith aice sa phròiseas ionnsachaidh. Mar thoradh air seo cha bhì clann cho fileanta is a dh'fhaodadh iad a bhith. Feumaidh tuigse shoilleir a bhith ann gur e buil de dh'Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig a th' ann an dà-chànanas 's nach e dìreach modh-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a th' ann. Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin mar phàirt de bhogadh a' cuideachadh a thaobh a bhith a' coileanadh buannachdan dà-chànanais. Feumar a bhith a' cumail nam buannachdan sin agus nam builean a thathar a' sùileachadh aig fìor thoiseach na cùise nuair a thathar ag adhartachadh is a' deasbaireachd mu leasachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha beagan sgoiltean a' bruidhinn mun mhodh-obrach aca mar phàirt-bhogadh. Tha corpas de dh'fhianais ann bho sgrùdadh a tha susbainteach agus dearbhte nach eil pàirt-bhogadh èifeachdach ann a bhith a' leasachadh fileantachd.

**4.8** Faodaidh Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith air a lìbhrigeadh tro sholair a tha a' seasamh leis fhèin, ris an canar **sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean Mheadhan na Gàidhlig**. Ann an suidheachaidhean eile, bidh Foghlam Meadhan Gàidhlig air a lìbhrigeadh **ri taobh solair tro mheadhan na Beurla fo cheannardas an t-aon cheannard-sgoile**. Ann an cuid de na sgoiltean sin, tha a' mhòr chuid den chloinn ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig seach tro mheadhan na Beurla. An dèidh comhairle a chur ri pàrantan, tha na sgoiltean sin air an comharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig a chumas an t-solair Beurla cho fada 's a tha feum air. Tha a' chomhairle san sgrìobhainn seo mu sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig cuideachd a' buntainn ris na sgoiltean sin a th' air an comharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig ged a tha iad a' tabhann foghlam tro mheadhan na Beurla cuideachd.

**4.9** Tha prionnsapalan bogaidh mar bhunait aig a h-uile seòrsa solair de dh'Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig. Bithear a' strì gus a bhith a' fastadh luchd-obrach de dh'àrd-chàileachd agus luchd-labhairt Gàidhlig airson an làn raon de dhreuchdan taobh a-staigh na sgoile. Tha a leithid sin de luchd-obrach riatanach ma tha clann is daoine òga a' dol a leasachadh fileantachd de dh'àrd-chàileachd ann an Gàidhlig. Tha àite cudromach cuideachd aig luchd-obrach nach eil a' teagasg ann an

sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig agus tha na tha iadsan a' cur ri fileantachd cànan na cloinne cuideachd luachmhor. Tha e na dhùbhlàn mòr a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìrean ìomchaidh de luchd-obrach comasach a' Ghàidhlig a bhruidhinn gu h-àraidh aig ìrean àrd-sgoile agus ann an àrd-dhreuchdan. Far a bheil ionnsachadh FMG taobh ri taobh ris an t-solair a th' ann tro mheadhan na Beurla, tha e na dhùbhlàn nas motha a bhith a' tabhann làn-bhogadh taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile. Ach, cha bu chòir dha bacadh a chur air sgoiltean a thaobh a bhith a' strì airson seo. A rèir a' chleachdaidh as fheàrr, tha cothrom aig clann san t-solair tro mheadhan na Beurla a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a' cleachdadh Fèin-eòlasan agus Builean airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) sa Churraicealam airson Sàr-mhathais mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd. Tha an cothrom aca cuideachd a bhith a' leasachadh an tuigse 's an t-eòlas a th' aca air cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbha-aithne na h-Alba. Tha a leithid de mhodh-obrach a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig leis a' chloinn air fad a' ciallachadh gum faod a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh agus air a fighe a-steach thar na sgoile leis an luchd-obrach 's leis a' chloinn. Tha seo a' toirt brìgh do dh'ionnsachadh na Gàidhlig agus a' toirt taic ann a bhith a' cruthachadh feallsanachd a tha stèidhichte air a' Ghàidhlig.

**4.10** Ann an cuid de shuidheachaidhean, gu h-àraidh ann an ceàrnaidhean dùthchail de dh'Alba, tha clann a' faighinn buannachd bho bhith **ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne**. Tha feadhainn eile a' faighinn cothrom air a' Ghàidhlig nan dachaighean, no sa choimhearsnachd aca. San t-suidheachadh as fheàrr, bithear a' gabhail sùim de ro-ionnsachadh na cloinne nuair a bhios iad a' gluasad air adhart gu ìrean na bun-sgoile, ge bith an ann gu Foghlam Meadhan Gàidhlig no gu Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thèid iad gus an lean iad orra a' dèanamh adhartais a thaobh fileantachd.

**4.11** Tron Chomhairle a tha seo mu Fhoghlam Gàidhlig feumaidh gach ìomradh mu bhith a' planadh feumalachdan-ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh ri feuman dhaoine fa leth is bhuidhnean de luchd-ionnsachaidh tron churraicealam 3-18. Mar a bhios clann a' dol an sàs ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig dh'fhaodadh gum biodh cuid de chlann air tòiseachadh a' togail **fileantachd san dachaigh agus gum biodh e comasach dhaibh bruidhinn sa chànan**. Bu chòir do dh'ionnsachadh san t-seòmar-cluiche agus san t-seòmar-sgoile a-nis cur ris an fhileantachd aca le bhith a' leudachadh a' chleachdaidh aca de Ghàidhlig gu co-theacsaichean nas fharsaing, mar eisimpleir, feadhainn co-cheangailte ris an sgoil agus ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Feumaidh a' chlann sin fhathast a bhith air an làn-bhogadh sa chànan ach bidh e comasach dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas luaithe thar raointean is cho-theacsaichean den churraicealam na bhios e dhan fheadhainn a tha dìreach a' tòiseachadh air a' chànan ionnsachadh. Bidh e an comas dhaibh cuideachd tòiseachadh a' leasachadh sgilean nas luaithe ann an leughadh is sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Is e seo cuideachd ìre ann an ionnsachadh far am bi e comasach don fheadhainn a bhios a' tòiseachadh air an ìre thràth den Churraicealam airson Sàr-mhathais le beagan fileantachd, ma dh'fheumas iad, an comas ann am bruidhinn na Gàidhlig a thoirt air adhart is doimhneachd a chur rin ionnsachadh le bhith a' cluinntinn Gàidhlig a tha nàdarach agus làn de ghnàthasan-cainnt. Bu chòir fèin-fhiosrachaidhean is builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a bhith cleachdte gus ionnsachadh a bhios aig ìre dùbhlain ìomchaidh a phlanadh.

4.12 Bu chòir do chlann a th' ann an seòmar-cluiche is ann an seòmar-sgoile Foghlam Meadhan Gàidhlig cuideachd a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, airson beatha 's airson obair nuair a tha iad ann an làn-bhogadh. Bu chòir do chlann a tha air beagan fileantachd a thogail nan dachaigh cothroman cuideachd a bhith aca sgilean mar seo a leasachadh. Bu chòir do dh'obair a tha air a chur romhpa, mar eisimpleir, **brosnachadh neo-eisimeileachd agus a bhith a' gabhail barrachd uallach a thaobh an ionnsachadh**. Ach, le bhith a' cleachdadh na buidhne seo de luchd-ionnsachaidh ro thrì mar 'thidsearan' do chlann eile, dh'fhaodadh seo leantainn air adhart gu ionnsachadh anns nach eil mòran de dhùbhlàn. Ann an cuid de chùisean, stèidhichte air sgrùdadh is tracadh thidsearan a thaobh adhartas is coileanadh, dh'fhaodadh am buidheann seo de luchd-ionnsachaidh a bhith a' dol còmhla ris an fheadhainn a th' aig an ìre-bogaidh airson pàirt dhen ionnsachadh aca. Tha cuid de phàrantan a' comharrachadh dealas a tha airidh air a mholadh leis an taic a tha iad a' toirt a thaobh fileantachd an cloinne sa Ghàidhlig. Feumaidh sgoiltean luach a chur san dealas seo le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iadsan cuideachd a' leasachadh sgilean na cloinne sa Ghàidhlig ann an dòigh adhartach.

## 5. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ag obair còmhla ri pàrantan

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha a bhith ag obair còmhla ri pàrantan aig ìre thràth gus innse dhaibh mu bhuanachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig 's an ceangal a th' aige ri buannachdan dà-chànanaidh riatanach ann a bhith a' dèanamh an ama ri teachd airson a' chànain tèarainte.
- Thathar a' cur ri fileantachd na cloinne sa Ghàidhlig le bhith a' cleachdadh a' chànain taobh a-muigh na sgoile. Feumaidh fiosrachadh soilleir a bhith aig pàrantan mun dòigh san urrainn dhaibh taic a thoirt do dh'fhoghlam an cloinne.

**5.1** Tha a bhith ag obair còmhla ri pàrantan aig ìre thràth gus innse dhaibh mu bhuanachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig agus an ceangal a th' aige ri buannachdan dà-chànanaidh riatanach ann a bhith a' dèanamh an ama ri teachd airson a' chànain tèarainte. Is iad a' chlann a tha a' dol a-steach gu Foghlam Meadhan Gàidhlig aig an ìre thràth seo de dh'ionnsachadh is leasachadh an fheadhainn a dh'ionnsaicheas tro mheadhan na Gàidhlig ann an P1 agus an dèidh sin. Is iadsan cuideachd an fheadhainn a dhearbhas nan àireamhan ann am Foghlam Mheadhan Gàidhlig tron fhoghlam fharsaing choitcheann agus suas chun na h-ìre as sine. Tha seo a' sealltainn gu bheil feum chudromach air obair sanasachd, le fòcas 's a tha èifeachdach, a dhèanamh le pàrantan. Tha Bòrd na Gàidhlig ag adhartachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig prìomh phuingeann, a' gabhail a-steach far a bheil comas aithnichte ann a thaobh a bhith a' meudachadh àireamhan. Tha *Comann nam Pàrant*<sup>3</sup> cuideachd a' dèanamh obair a tha airidh air moladh. Bidh iad ag ullachadh thachartasan agus a' tadhal air pàrantan gus na ceistean a th' aca mu Fhoghlam Gàidhlig fhuasgladh. Bidh iad a' toirt taic do phàrantan ann a bhith a' stèidheachadh solair tro Mheadhan na Gàidhlig. Sa chleachdadh as èifeachdaiche, bidh buidhnean Gàidhlig ag obair leis na h-ùghdarrasan ionadail gus buannachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig a chur an cèill do phàrantan bho ìre thràth. Bheir iad taic do phàrantan ann a bhith a' clàradh an cloinne ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne. Tha pàrantan a' sùileachadh solair tro Mheadhan na Gàidhlig a tha den chàileachd as àirde, le buannachdan fhollaiseach is shoilleir dhan cuid chloinne.

**5.2** Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig fosgailte do na h-uile. Tha e cudromach gu bheil pàrantan nach eil fileanta sa Ghàidhlig mothachail gu bheil iadsan cudromach ann a bhith a' toirt taic do dh'fhoghlam an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig. Thathar a' cur ri fileantachd na cloinne sa Ghàidhlig le bhith a' cleachdadh a' chànain taobh a-muigh na sgoile. Ma tha pàrantan air a shon, feumaidh fiosrachadh soilleir a bhith aca mu na dòighean anns a bheil e comasach a' Ghàidhlig ionnsachadh gus an urrainn dhaibhsan cuideachd a' Ghàidhlig ionnsachadh còmhla ris a' chloinn aca.

---

<sup>3</sup> [Comann nam Pàrant](#) – am buidheann nàiseanta a tha a' toirt comhairle agus taic do phàrantan/luchd-cùraim chloinne ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG).

## 6. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh cothrom a bhith aig tidsearan air ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd de dh'àrd-chàileachd gus taic a thoirt dhaibh le Foghlam Meadhan Gàidhlig.

6.1 Is e tidsearan de dh'àrd-chàileachd am maoin as luachmhor a th' aig Alba a thaobh a bhith a' dèanamh àm ri teachd a tha tèarainte airson na Gàidhlig. Feumar a bhith a' sìor chur luach air tidsearan agus a bhith a' toirt taic dhaibh san dreuchd dheatamach a tha seo agus leis an uallach a th' orra. Air an taobh fhèin, feumaidh na tidsearan cothrom a ghabhail air an taic a thathar ag ullachadh dhaibh. Tha Teaching Scotland's Future<sup>4</sup> ag aithneachadh gum feum tidsearan cothrom a bhith aca air **ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd** de dh'àrd-chàileachd. Tha seo a' gabhail a-steach taic speisealaichte ann an raointean leithid Foghlam Mheadhan Gàidhlig. Feumaidh tidsearan taic fhaighinn ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan raon de luchd-ionnsachaidh le bhith ag obair còmhla ri feadhainn as urrainn taic a thoirt a thaobh a bhith a' libhrigeadh làn churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig. Feumar aithne cuideachd a thoirt don dealas leantainneach a dh'fheumar a thaobh tidsearan Foghlam Meadhan na Gàidhlig gus a bhith a' sìor ùrachadh an eòlais air briathrachas speisealta, air cànan agus air a bhith a' planadh làn churraicealaim.

6.2 Tha ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd a tha èifeachdach a' coinneachadh ri riatanasan Inbhean Proifeiseanta Comhairle Coitcheann na h-Alba agus a' cumail fòcas air tùs fhoghlam thidsear ann a bhith ag uidheamachadh thidsearan leis na sgilean, leis an eòlas is leis an tuigse airson a bhith a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd ann an curraicealam 3-18. Tha am **fòcas a thathar a' moladh airson ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd** a' gabhail a-steach:

- bogadh agus dòighean-teagaisg airson cànan a thogail;
- teagaisg gràmair agus briathrachas speisealta;
- a' leasachadh litearrachd tron Ghàidhlig thar a' churraicealaim;
- a' toirt cuideachadh dhaibhsan aig a bheil feum air taic len ionnsachadh
- a' leasachadh làn churraicealam airson Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- a' dèanamh feum de, 's a' cur ri, teicneòlas fiosrachaidh airson a bhith a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- modhan-obrach airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a thaobh a bhith a' leasachadh cànan le aoisean is ìrean eadar-dhealaichte 3-18, a' gabhail a-steach clasaichean de dh'iomadh ìre agus ag uidheamachadh thidsearan gus raon de chuspairean 's de co-theacsaichean a libhrigeadh a tha a' leasachadh ionnsachadh Gàidhlig a tha a' sìor dhol air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach nan tidsearan air fad, tidsearan cànan is cuspair, a tha a' cur ris na h-earrannan a chaidh an comharrachadh nas tràithe sa pharagraf seo 's ann an cuspairean mar slàinte is sunnd, agus foghlam pearsanta is sòisealta,

---

<sup>4</sup> [Teaching Scotland's Future](#) Graham Donaldson, Dùbhlachd 2010

- còir air taic, air foghlam cràbhach is moralta agus air a bhith a' libhrigeadh dhuaisean tro mheadhan na Gàidhlig leithid Duaisean Iain Muir.

6.3 Tha am prògram *Streap*<sup>5</sup> le Oilthigh Obar Dheathain air a leasachadh ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig agus air a làn-mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha an luchd-ùidh ga chomharrachadh mar nì a tha soirbheachail ann a bhith ga dhèanamh comasach do thidsearan a bhith a' togail a' bhriathrachais 's a' mhisneachd a dh'fheumas iad airson cuspairean sònraichte a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Le bhith a' leantainn air adhart ga leasachadh, gheibhear com-pàirteachas bho thidsearan, bho luchd-taic cànan is clas, bho thidsearan-taic agus bho àrd-mhanaidsearan.

6.4 Tro sgrùdadh is leasachadh proifeiseanta, tha e comasach do luchd-cleachdaidh a bhith a' comharrachadh am feumalachdan-ionnsachaidh proifeiseanta agus 's urrainn dhaibh taic fhaighinn bho thachartasan nàiseanta agus ionadail. Bu chòir seo gabhail a-steach a bhith a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr a tha a' tighinn am bàrr ann am Foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach an cleachdadh a th' air a mhìneachadh sa Chomhairle seo, gus ealantas a leasachadh, stòrasan a cho-roinn 's a sholarachadh agus buaidh a thoirt air coileanadh dhaoine òga. Tha toraidhean bho sgrùdaidhean-sgoile gan cleachdadh gus cothrom a thoirt dhan luchd-dreuchd fhèin a bhith a' sònrachadh an ionnsachaidh phroifeiseanta a dh'fheumar gus leantainn air adhart a' brosnachadh ionnsachadh, teagasg is ceannardas nas fheàrr san t-solair Ghàidhlig.

6.5 Tro leasachadh is measadh a' **churraicealam airson Foghlam Mheadhan na Gàidhlig**, bu chòir iomradh a thoirt air na pàipearan buntainneach a chaidh fhoillseachadh, gu sònraichte an t-sreath mu *A' togail a' Churraicealaim*, *The Refreshed Narrative*<sup>6</sup> *The Refreshed Narrative* agus *Aithisg an Àrd-neach-sgrùdaidh* a tha a' suidheachadh na thathar a' sùileachadh ann a bhith a' cur an cèill stiùireadh nàiseanta air a' churraicealam.

---

<sup>5</sup> [Streap: Postgraduate Certificate in Gaelic Medium Education – Sabhal Mòr Ostaig](#)

<sup>6</sup> [Scotland's Curriculum for Excellence \(scotlandscurriculum.scot\)](http://scotlandscurriculum.scot)



## 7. Foghlam Meadhan Gàidhlig: làn-bhogadh, a' gabhail a-steach measadh

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh clann agus daoine òga eòlas fhaighinn air làn-bhogadh de dh'àrd-chàileachd mar phàirt de dh'Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig gus am bi bunait thèarainte aca sa chànan agus ìre fileantachd a bheir an comas dhaibh togail air an adhartas a tha iad air a dhèanamh sa Ghàidhlig.
- Feumaidh sgrùdadh agus tracadh thidsearan a thaobh adhartais is coileanadh dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann air làn-bhogadh gu leòr fhaighinn.
- Tha raon de mhodhan-obrach cleachdte ann an làn-bhogadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' cluinntinn agus a' gabhail a-steach Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd.
- Ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh san t-seòmar-cluiche agus san t-seòmar-clas ann am modh an làn-bhogaidh, feumaidh an luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh prionnsapalan-dealbhadh churraicealaim gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh adhartach agus rianail.
- Tha dreuchd chudromach aig Slatan-tomhais a' Churraicealam airson Sàr-mhathais airson litearrachd agus Gàidhlig ann a bhith a' cuideachadh chloinne gus a bhith a' sealltainn an adhartais a tha iad a' dèanamh ann an ìrean a' churraicealaim a thaobh litearrachd is Gàidhlig.

**7.1** Feumaidh clann is daoine òga eòlas fhaighinn air **làn-bhogadh de dh'àrd-chàileachd mar phàirt de dh'Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig gus am bi bunait thèarainte aca sa chànan agus ìre fileantachd a bheir an comas dhaibh togail air an adhartas a tha iad air a dhèanamh sa Ghàidhlig** agus aig an aon àm a bhith a' togail sgilean a thaobh a bhith a' leughadh 's a' sgrìobhadh sa Bheurla. Sa chleachdadh as èifeachdaiche, tha seo air a dhearbhadh le tidsearan a' tracadh adhartas is coileanadh gus cunntas a thoirt air feumalachdan ionnsachaidh is leasachaidh gach leanabh. Anns a' mhòr chuid de shuidheachaidhean, bidh làn-bhogadh a' leantainn air adhart gu deireadh P3. Tro bhreithneachaidhean proifeiseanta, stèidhichte air sgrùdadh is measadh sgrùdach, is urrainn do thidsearan adhartas na cloinne ann an làn-bhogadh a thomhas. Feumaidh seo tuilleadh dearbhadh leis na h-ullachaidhean airson a bhith a' sgrùdadh 's a' tracadh aig ìre làn-sgoile. Ann an suidheachaidhean far a bheil grunnan chlasaichean còmhla, faodaidh an làn-bhogadh a bhith air a chumail a' dol gu P4, mar eisimpleir, gus cunntas a ghabhail air na h-ullachaidhean-clasa. Tha seo a' toirt cothrom do chlann a tha nas òige barrachd tìde fhaighinn a' leasachadh an tràth-fhileantas Gàidhlig aca às aonais na buaidh a dh'fhaodadh èirigh bhon Bheurla san t-seòmar-clas.

**7.2** Rè an làn-bhogaidh, tha cuideam soilleir air a chur air a bhith **a' leasachadh fileantachd sa Gàidhlig** sa chiad dol a-mach taobh a-staigh frèam-obrach a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha seo gus cothrom a thoirt do chlann eòlas fhaighinn air foghlam farsaing a tha a' leasachadh prìomh sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair. Tha fòcas làidir air litearrachd, àireamhachd agus a bhith a' leasachadh dhòighean-beatha a tha gnìomhach agus fallain aig na h-ìrean tràtha de làn-bhogadh. Gus seo a choileanadh, bidh fòcas glè làidir air èisteachd is còmhradh sa Ghàidhlig san ionnsachadh tro churraicealam bogaidh a bhios

stèidhichte air curraicealam de chluich. Tha fianais ann gur e seo an dòigh as iomchaidhe airson a bhith a' leasachadh ionnsachadh tràth chlann òga. Tha prìomh dhleastanas aig inbhich san t-seòmar-cluich agus san t-seòmar-clas airson a bhith a' cleachdadh Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd ri chèile 's ris a' chloinn, taobh a-staigh a' chluich 's an ionnsachaidh agus nas fharsaing na sin. Bidh an luchd-obrach a' tairgse Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd do chlann agus a' cluich còmhla ris a' chloinn mar mhodh-ionnsachaidh èifeachdach, agus a' bruidhinn na Gàidhlig fad na h-ùine. Tha iomadh dreuchd aig an luchd-obrach san t-seòmar-cluich agus san t-seòmar-clas aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: cùram agus àrach, a' modaladh Gàidhlig, a' cluich, a' cleasachd agus a' toirt seachad facail gus cuideachadh le bhith a' tuigsinn, ag ionnsachadh 's a' teagasg. Tha an luchd-obrach nan deagh eisimpleirean dhan chloinn agus a' cruthachadh àrainn sa bheilear a' cur luach air a' Ghàidhlig agus ga cleachdadh fad na h-ùine. An uair a bhios clann a' cluich, feumaidh an luchd-obrach a bhith rin taobh ag obair 's ag eadar-obrachadh leis a' chloinn gus cothrom a thoirt dhaibh an t-eòlas is na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart fhad 's a tha iad an sàs ann an rudan sa bheil ùidh aca, agus iad cruthachail is ceasnachail.

**7.3** Tha prìomh àite ann cuideachd airson a bhith a' **planadh agus a' libhrigeadh seiseanan buidhne** aig an ìre thràth gus dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air a leasachadh ann an dòigh adhartach. Dh'fhaodadh seo a bhith stèidhichte air a bhith, mar eisimpleir, a' seinn, geamannan, a' gabhail a-steach feadhainn airson cànan a leasachadh, ag innse sgeulachd 's a' bruidhinn mu deidhinn, a' cleachdadh dhealbhan, cluich riochd, agus rudan àbhaisteach mar blasadan-bidh agus gnìomhan clàraidh. Anns na suidheachaidhean sin, tha cuideam air a chur air a bhith a' **leasachadh cànan sòisealta na cloinne** gus am faigh iad air tòiseachadh a' bruidhinn na Gàidhlig airson adhbharan da-rìribh agus gnothachail. Feumaidh an luchd-obrach misneachd na cloinne a thogail ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig le bhith gam misneachadh gus a bhith a' cur cheistean 's a' cleachdadh cànan sòisealta aig àm blasad-bidh, mar eisimpleir. Tha seo air a dhèanamh aig an aon àm agus a tha iad a' leasachadh cànan sgoilearach gus am bi iad cuideachd ag ionnsachadh thar a' churraicealam. Tha leasachadh cànan sòisealta a' cuideachadh ann a bhith a' toirt cànan dhaibh as urrainn dhaibh a chleachdadh san dachaigh. Le bhith a' misneachadh phàrantan gus a bhith a' dol an sàs ann an seiseanan-cluiche bogaidh, gheibh iad cuideachadh leis an seòrsa cànan a dh'fhaodadh iad a chleachdadh aig an dachaigh. Ged a tha e air a chomhairleachadh 's air a bhrosnachadh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, thathar cuideachd ag aithneachadh, nach eil e comasach dhan h-uile pàrant a' Ghàidhlig a bhruidhinn rin cuid chloinne.

**7.4 Tro chluich, bidh e comasach do chlann cothrom fhaighinn air a h-uile raon den churraicealam, a' togail air an eòlas agus an sgilean tro mheadhan na Gàidhlig.** Le bhith ag atharrachadh co-theacsaichean a thaobh cluiche gu tric, an dà chuid a-staigh 's a-muigh, thathar a' dèanamh cinnteach gu bheil cànan is briathrachas na cloinne air a leudachadh. Fhad 's a tha a' chlann a' cluich, bidh na h-inbhich ag obair leotha, a' cluich iad fhèin agus a' leasachadh rudan mac-meanmnach agus cuideachd a' cleachdadh facail is abairtean Gàidhlig. Bidh an luchd-obrach a' bruidhinn gu ìre cho mòr 's as urrainn dhaibh sa Ghàidhlig, ag aithris air na tha a' tachairt, a' cur cheistean, a' mìneachadh na tha iad a' dèanamh tron obair àbhaisteach, agus an uair a bhios iad an sàs ann an tachartasan còmhla ris a'

chloinn, leithid obair ciùird is ealain. Tha iad a dh'aon ghnòthaich ga dhèanamh comasach dhan chloinn a bhith a' cluinntinn a' chànain fad an t-siubhail gus am faigh iad air a' Ghàidhlig a ghabhail thuca fhèin. An toiseach nì a' chlann tòrr èisteachd ris a' Ghàidhlig gus an leudaich iad an tuigse agus faodaidh iad freagairt nan cànan màthaireil. Tha e air leth feumail a bhith ag ath-aithris sa Ghàidhlig. Is e sin, a bhith a' cantainn air ais riutha sa Ghàidhlig, ann an dòigh mhothachail, na tha iad ag ràdh nan cànan màthaireil gus an cuideachadh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

**7.5** Tha àite cudromach aig **leughadh sgeulachdan a-mach, faidhlichean-fuaim, seinn òrain, geamannan cainnt agus a bhith a' cleachdadh rannan** san t-suidheachadh tràth ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Bu chòir dhaibh sin a bhith air an cleachdadh mar phàirt de dh'obair-buidhne agus do chlann airson an cleachdadh iad fhèin. Tha seo a' cuideachadh chloinne gus a bhith ag ionnsachadh abairtean sònraichte, a bhios iad a' gabhail a-steach agus an uair sin gan cleachdadh ann an dòigh nas neo-eisimeiliche. Bu chòir dhan chloinn a bhith air am misneachadh gus a bhith a' coimhead, ag èisteachd ri, 's a' dol an sàs ann am prògraman air an rèidio agus air an eadar-lìon far an urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a chluinntinn. Tha e cuideachd feumail a bhith a' bruidhinn ris a' chloinn mu na prògraman sin. Ged a thathar gam brosnachadh gus a bhith ag èisteachd ri prògraman, chan e modh-obrach a tha seo a tha ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh dìreach suidhe air ais. Bu chòir dhan chloinn a bhith air am brosnachadh gus a bhith ag ath-innse sgeulachdan, gus a bhith a' bruidhinn mu dhealbhan agus gus a bhith a' cruthachadh nan sgeulachdan aca fhèin.

**7.6** Aig an toiseach bidh clann a bhios a' clàradh ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig nach eil eòlas ro-làimh air a' Ghàidhlig a' cur seachad tòrr dhen ùine **ag èisteachd agus a' gabhail a-steach na Gàidhlig**. Aig na tràth ìrean, cha nochd a' chlann tuigse air a h-uile càil a thèid a ràdh riutha tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh an tuigse a' sìor leasachadh agus bu chòir taic a thoirt dhaibh le deagh innleachdan cànan leithid a bhith a' cur nan cuimhne, ag ràdh rudan a-rithist ann an dòigh eadar-dhealaichte, a' cleasachd, agus a bhith a' cleachdadh dhealbhan. Bidh iad an uair sin a' tòiseachadh a' cleachdadh abairtean cumanta, agus an seòrsa Gàidhlig a chluinnear ann an suidheachaidhean le structair mar amannan seinn. Bidh a' chlann an toiseach a' cur am faireachdainnean agus am beachdan an cèill sa Bheurla leis an luchd-obrach a' cleachdadh mòran ath-aithris agus a' cur rudan an cuimhne na cloinne, agus a' togail sa Ghàidhlig air na nithean a tha a' chlann a' cantainn sa Bheurla.

**7.7** Bhiodh e furasta gabhail ris a' chleachdadh neo-èifeachdach sin, a bhith ag eadar-theangachadh bho Ghàidhlig gu Beurla do leanabh a tha ag ionnsachadh tro bhogadh. Ach, chan eil seo ach a' toirt a' chothruim air falbh bhon chloinn a bhith ag ionnsachadh. Ann an suidheachadh mar seo, gheibh a' chlann a-mach - mas e is gum fuirich iad fada gu leòr - gu faigh iad eadar-theangachadh seach a bhith ag obrachadh chùisean a-mach dhaibh fhèin. Tha e cuideachd feumail ann a bhith a' leasachadh fileantas agus ann a bhith a' cruthachadh àrainn Ghàidhlig, teacs tro mheadhan na Gàidhlig a bhith air fhoillseachadh mun cuairt na sgoile/suidheachadh ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Mar a bhios a' chlann a' leasachadh sgilean leughaidh, tha teacs dà-chànanach a' toirt air falbh bhuapa cothrom a bhith ag ionnsachadh. San t-suidheachadh seo tha a' chlann nas

buailtiche an dreach Beurla de na teacsaichean a leughadh seach a bhith ag obrachadh rudan a-mach dhaibh fhèin.

**7.8** Ann a bhith a' libhrigeadh foghlam làn-bhogaidh ann an seòmair-cluich 's ann an seòmair-clas, feumaidh luchd-obrach feum a dhèanamh de na prionnsapalan a thaobh a bhith a' dealbh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gu bheil a' tabhann **ionnsachadh a tha adhartach agus rianail**. Tha am planadh airson ionnsachadh a' gabhail a-steach a bhith a' cur Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais còmhla gus cothroman a thabhann an toiseach, a thaobh èisteachd ri, a bhith tuigsinn agus an uair sin a bhith a' bruidhinn sa Ghàidhlig. Tha na modhan-obrach a' toirt prìomhachas don chloinn a thaobh a bhith a' cluinntinn, a tuigsinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha e cudromach dhan chloinn cothrom a bhith aca air cànan Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd air a labhairt le inbhich a chluinntinn gus leigeil leotha an cànan a shùghadh a-steach. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh a' togail nan sgilean sin, thèid an toirt air adhart gu leughadh is sgrìobhadh ann an Gàidhlig aig ìrean na bun-sgoile. Mar a bhios a' chlann a' fàs cofhurtail le bhith air am bogadh sa chànain bidh an t-ionnsachadh a' leudachadh a-mach gu builean raointean eile den churraicealam, mar àireamhachd, matamataig 's na h-ealain chruthachail. Thar ùine, mar a bhios luchd-ionnsachaidh a' fàs cinnteach mum fileantachd sa Ghàidhlig, thèid na sgilean air fad an leasachadh còmhla ann an dòigh amalaichte, a' toirt ri chèile cuid de dh'Fhèin fhiosrachaidhean agus Builean den Curraicealam airson Sàr-mhathais thar a' churraicealaim. Bidh seo a' gabhail a-steach raon de mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg, mar eisimpleir, cluich, pròiseactan, ionnsachadh a-muigh agus cluich-riochd.

**7.9** San ìre làn-bhogaidh, tha **measadh sgilean litearrachd a' tighinn an dèidh làimh** an uair a dh'fhàsas luchd-ionnsachaidh nas misneachail len cuid Gàidhlig. Tha na pròiseasan a tha an lùib a bhith a' leasachadh fileantachd ann an Gàidhlig a' gabhail a-steach sgilean litearrachd agus tro thìde, bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh gu bheil iad deiseil gus an adhartas sna sgilean sin a chur an cèill.

**7.10** Tha prìomh àite aig **Tomhasan Measaidh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais airson litearrachd agus Gàidhlig** ann a bhith a' cuideachadh chloinne gus a bhith a' sealltainn an adhartais a thaobh ìrean a' churraicealaim airson litearrachd is Gàidhlig. Mu dheireadh P1, bu chòir do chlann a th' air a bhith air am bogadh sa Ghàidhlig ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a bhith comasach air an adhartas aca a chomharrachadh san ìre thràth agus mu dheireadh P4 bu chòir dhaibh a bhith air a' chiad ìre a choileanadh. A chionn 's gu bheil fòcas aig an fhìor thoiseach air leasachadh cànan, cha bhì clann a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt air adhart Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais thar raointean a' churraicealaim san aon òrdugh agus san aon dòigh rin comhaoisean ann am foghlam tro mheadhan na Beurla. Bidh iad a' comharrachadh comasachd co-ionann, mur a bi nas fheàrr, mu dheireadh P7. Chan eil na Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a thaobh litearrachd agus Beurla air an còmhachadh air fad tron ìre làn bhogadh.

**7.11 Togail a' Churraicealam 5:** Tha Frèam-obrach airson measadh a' cuideachadh ann a bhith a' mìneachadh nam prionnsabalan airson 'measadh làidir' air am biodh sgrùdadh agus tracadh adhartas agus coileanadh chloinne agus dhaoine òga air a stèidheachadh. Tha e a' sònrachadh gum bu chòir do mhodhan-obrach measaidh a bhith air am faicinn tro shùilean an neach-ionnsachaidh. Bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs sa h-uile taobh de phròiseasan measaidh agus eileamaid de roghainn agus pearsantachadh a bhith air a thoirt dhaibh ann a bhith a' sealltainn gu bheil iad air na builean a bha san amharc a choileanadh. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh a' gluasad air adhart tron churraicealam, bidh eòlas aca air raon de mhodhan-obrach a thaobh measadh co-cheangailte ris a' mheadhan tro bheil iad ag ionnsachadh – a' Ghàidhlig.

Tha Luchd-sgrùdaidh an Fhoghlaim air na prìomh fheartan a leanas a chomharrachadh de dhoigh-obrach air leth èifeachdach ann am [measadh](#):

1. Ceannardas làidir agus stiùireadh ann a bhith a' cleachdadh measadh. Tha ro-innleachd shoilleir aig àrd-stiùirichean airson a bhith ag adhartachadh measadh mar phàirt riatanach de dh'ionnsachadh agus teagasg.
2. Tha raon de dhàta measaidh air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus a bhith a' comharrachadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus a' planadh ionnsachadh thar na sgoile, gu sònraichte airson buidhnean cuimsichte de luchd-ionnsachaidh.
3. Tha raon de mhodhan-obrach air an deagh bheachdachadh agus air am planadh gu faiceallach airson co-mheasadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' cleachdadh nan Slatan-tomhais Nàiseanta ann an sgoiltean agus thar sgoiltean, a' toirt taic do luchd-obrach ann a bhith a' dèanamh bhreithneachaidhean misneachail agus neo-mhearachdach. Tha seo cuideachd a' meudachadh earbsachd dàta measaidh agus a' leantainn air adhart gu builean nas leasaichte airson luchd-ionnsachaidh.
4. Ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd a tha a' togail misneachd thidsearan agus luchd-cleachdaidh agus a' meudachadh an sgilean ann am measadh neo-mhearachdach de dh'adhartas luchd-ionnsachaidh.
5. Anailis sgileil agus eadar-mhìneachadh de dhàta measaidh de dh'àrd-chàileachd a' toirt taic do thracadh làidir agus sgrùdadh de dh'adhartas luchd-ionnsachaidh. Tha e a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh airson daoine fa leth agus buidhnean de luchd-ionnsachaidh air an comharrachadh gu ceart.
6. Tha clann agus òganaich gu mòr an sàs ann a bhith a' measadh ionnsachadh. Nì fios air ais de dh'àrd-chàileachd agus còmhraidhean ionnsachaidh cinnteach gum bi deagh fhiosrachadh aig clann agus òganaich orra fhèin mar luchd-ionnsachaidh. Tha iad a' tuigsinn na thathar a' sùileachadh bhuapa, na neartan aca agus na raointean anns am feum iad leasachadh a dhèanamh.

A thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha measadh, cuimseachd agus clàradh coileanadh de ìre ag obair leis na prionnsapalan bogaidh mar a tha air a mhìneachadh sa Chomhairle seo.

**7.12 An uair a tha solair Meadhan Gàidhlig agus Meadhan Beurla còmhla san aon sgoil, feumaidh cothrom a bhith aig a' chloinn air fad a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh mu chultar agus mu dhualchas**

**Gàidhlig mar phàirt de dhearbhadh aithne na h-Alba.** Tha Modh-obrach 1+2 a thaobh ionnsachadh cànan a' tabhann chothroman leithid seo a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Feumaidh a' Ghàidhlig a bhith air a cluinntinn 's air a faicinn fad na h-ùine taobh a-staigh nan seòmraichean-sgoile, air taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile 's air an raon a-muigh. Bidh an fheadhainn a tha a' dèanamh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig cuideachd a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig gus cuideachadh ann a bhith a' leasachadh am fileantachd agus gus fìor chothroman a thoirt dhaibh an cuid Ghàidhlig a chur an cèill. Bidh a' Ghàidhlig air a cleachdadh aig tachartasan is suidheachaidhean a bhios a' gabhail a-steach na sgoile air fad. Tha a' Ghàidhlig air a faicinn, mar eisimpleir air soidhnichean agus ann an conaltraidhean mar litrichean is puist-dealain. Tha seo a' ciallachadh gu bheil a' Ghàidhlig air a daingneachadh air taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile.

<sup>1</sup> [Building the Curriculum 5](#) (2011)

## 8. Foghlam Meadhan Gàidhlig: an ìre-bogaidh (bogadh san Foghlam Fharsaing Choitcheann bho deireadh P3/toiseach P4 suas)

### Prìomh fhiosrachadh:

- San ìre-bogaidh, bidh an curraicealam air fad a' leantainn air adhart 's e air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan ionnsachaidh.
- San ìre-bogaidh, bidh clann a' tòiseachadh air sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla agus iad ag ionnsachadh aig ìre nas luaithe thar raointean agus co-theacsaichean a' churraicealaim.
- Bidh tidsearan a' planadh ionnsachadh na cloinne gus briathrachas, abairtean agus co-chàradh a leasachadh co-cheangailte ris na diofar raointean den churraicealam, sgilean cànan, gràmair agus tuigse air dà-chànanas agus cànan is cultar na Gàidhlig.
- San ìre-bogaidh bidh na tidsearan a' stiùireadh an ionnsachaidh gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig sna raointean curraicealaim air fad, a' gabhail a-steach na Beurla, a tha iad air ùr-thòiseachadh.
- An uair a tha Foghlam Meadhan Gàidhlig air a libhrigeadh gu soirbheachail, bithear a' planadh an ìre-bogaidh a chumail a' dol tron bhun-sgoil a-steach dhan àrd-sgoil.
- San àrd-sgoil, tha slighean bogaidh sa Ghàidhlig air an toirt air adhart tro churraicealam farsaing coitcheann suas gu deireadh AS3 mar chòir aig an ìre as lugha a' leantainn air adhart gu teisteanasan ann agus tro Ghàidhlig aig na h-ìre as sine.
- Thathar a' sùileachadh gum bi daoine òga a' leantainn orra, ann am foghlam mheadhan Gàidhlig, duaisean agus teisteanasan a choileanadh sa Ghàidhlig agus tron Ghàidhlig san ìre as sine agus, mar thoradh air sin, gum bi cinn-uidhe an dèidh na sgoile ann a tha soirbheachail san raon Ghàidhlig.

**8.1** San ìre-bhogaidh, bidh an curraicealam air fad a' leantainn air adhart 's e air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan de dh'ionnsachadh. Mar sin, tha na modhan-obrach a th' air am mìneachadh gu h-àrd a' leantainn orra a thaobh na h-ìre-bogaidh, co-cheangailte ri bhith a' leasachadh fileantachd chloinne agus a bhith iomchaidh a thaobh aois is ìre. Bu chòir do sgrùdadh agus tracadh thidsearan de dh'adhartas is coileanadh dearbhadh gu bheil **stèidh làidir a-nis aig a' chloinn sa Ghàidhlig gus na sgilean sin a thoirt air adhart gu bhith a' leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla** agus a bhith ag ionnsachadh aig ìre nas luaithe thar raointean agus co-theacsaichean a' churraicealaim.

**8.2** Sna h-eisimpleirean as fheàrr, bidh an luchd-obrach a' nochdadh dealas air leth làidir **ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam air fad air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig**. Bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile seòrsa ionnsachadh na chothrom dhan chloinn a bhith a' cluinntinn 's a' cleachdadh na Gàidhlig le cuideam aig an fhìor thoiseach air èisteachd is còmhradh. Bidh iad a' cleachdadh dhòighean cruthachail gus cothrom a thoirt don chloinn a bhith ag ionnsachadh a' chànan gu furasta agus ann an suidheachaidhean a bhios a' còrdadh riutha. Bidh seo a' gabhail a-steach modh-obrach in-fhillte air a phlanadh a thaobh gràmair agus a bhios a' brosnachadh na cloinne. Bu chòir gum bi seo a'

gabhail a-steach rannsachadh air fileantachd na cloinne agus iad a' gluasad bho làn-bhogadh gu bhith a' meudachadh an ìre de fhileantachd aca. Bidh tidsearan a' toirt gràmar air adhart ann an gnìomhan co-obrachail, spòrsail agus tro bhith ag ionnsachadh òrain is abairtean sònraichte air an teanga. Bidh iad cuideachd a' cleachdadh eisimpleirean de chainnt-bheòil agus de theacsa sgrìobhte far a bheil an gràmar pongail gus misneachd agus fileantachd na cloinne a thoirt air adhart. Bidh luchd-obrach ag obair còmhla ri daoine eile gus taic a thoirt do chlànn agus do phàrantan a thaobh a bhith a' leasachadh 's a' cleachdadh a' chànain aig an taigh agus sa choimhearsnachd.

**8.3** Sna h-eisimpleirean as fheàrr, san ìre-bogaidh bidh na **tidsearan a' stiùireadh an ionnsachaidh gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig sna raointean curraicealaim air fad, a' gabhail a-steach na Beurla, a tha iad air ùr thòiseachadh.** Bidh iad ga dhèanamh comasach don chloinn briathrachas a leasachadh co-cheangailte ris na diofar raointean den churraicealam, sgilean cànan, gràmair agus tuigse air cànan is cultar na Gàidhlig. Tha planaichean agus ro-innleachdan soilleir stèidhichte aca airson an cuideachadh gus seo a dhèanamh. Thar raointean a' churraicealaim, mar a bhios tidsearan a' seatadh bhuilean airson ionnsachadh, bidh iad cuideachd a' seatadh fheadhainn co-cheangailte ri bhith a' leasachadh ionnsachadh na cloinne a thaobh na Gàidhlig. Bidh àite aig a' chloinn iad fhèin a thaobh a bhith a' seatadh nam builean sin a thaobh a' chànain stèidhichte air an fhios a bhios iad a' faighinn air ais a thaobh an cuid obrach. Tha an t-àm air falbh on chlas a thaobh tidsearan Tro Mheadhan na Gàidhlig air a fhrithealadh le luchd-obrach a bhruidhneas sa Ghàidhlig. Feumaidh tidsearan a bhith a' faighinn taic bho luchd-taic Gàidhlig a bhruidhneas Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd. Feumar an obair a phlanadh còmhla airson 's gun tèid am feum as fheàrr a dhèanamh dhiubh, taobh a-staigh an t-seòmar-clas agus nas fharsaing na sin. Feumaidh feallsanachd soilleir a bhith aig luchd-stiùiridh sgoile mun dòigh sa bheil iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an cothromachadh a thaobh a bhith a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig fàbharach dhan Ghàidhlig. **An uair a tha Foghlam Meadhan Gàidhlig air a libhrigeadh gu soirbheachail, bithear a' planadh an ìre-bogaidh a chumail a' dol tron bhun-sgoil a-steach dhan àrd-sgoil.** San àrd-sgoil, bithear a' toirt bogadh sa Ghàidhlig air adhart tro churraicealam farsaing coitcheann suas gu deireadh AS3 mar chòir aig an ìre as lugha. Thathar a' sùileachadh gum bi daoine òga a' leantainn orra, ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, duaisean agus teisteanasan a choileanadh sa Ghàidhlig agus tron Ghàidhlig san ìre as sine agus, mar thoradh air sin, gum bi cinn-uidhe an dèidh na sgoile ann a tha soirbheachail san raon Ghàidhlig.



## 9. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ìrean àrd-sgoile

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh an fheallsanachd airson a' churraicealaim a bhith stèidhichte air tuigse cho-roinnte mu Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig agus dà-chànanas.
- Feumaidh luchd-obrach, daoine òga, pàrantan agus com-pàirtichean a bhith soilleir mu adhbhar is luach Foghlam Meadhan Gàidhlig
- Tha an curraicealam Foghlam Mheadhan na Gàidhlig bho AS1 gu AS3 agus suas chun na h-ìre as sine fhathast stèidhichte air prionnsapalan-bogaidh.
- Feumaidh daoine òga fiosrachadh fhaighinn air leantainneachd slighean ionnsachaidh san fhoghlam fharsaing choitcheann agus san ìre as sine le cothroman am fileantachd a leasachadh thar nan ceithir co-theacsaichean den churraicealam.
- Gus adhartas ann am bogadh a cheadachadh, feumaidh sgoiltean a bhith ag amas air earrann mòr gu leòr den churraicealam a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.
- Feumaidh Foghlam Mheadhan na Gàidhlig a bhith na phàirt riatanach den Fhoghlam Fharsaing Choitcheann suas gu deireadh AS3, agus an dèidh sin bidh an luchd-ionnsachaidh a' gluasad suas chun na h-ìre as sine bho AS4-AS6 a tha a' tabhann raon de theisteanasan agus dhuaisean ann agus tron Ghàidhlig.
- Bu chòir 'Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2' a bhith air a chleachdadh ann an sgoiltean le solair Meadhan Gàidhlig gus cothrom a thoirt do dhaoine òga air fad ann am foghlam meadhan Beurla a' Ghàidhlig ionnsachadh mar chànan a bharrachd. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba agus an fheallsanachd airson seilbh choitcheann de adhartachadh agus dìon, cho math ris a' chultar agus an dualchas a tha na chois.

**9.1** Tha a' Chomhairle seo a' buntainn an dà chuid don **t-solair sònraichte Tro Mheadhan na Gàidhlig no far a bheil solair Gàidhlig agus Beurla ag obair taobh ri taobh**. Tha sgrìobhainnean eile mun churraicealam cuideachd a' buntainn ri Foghlam Mheadhan na Gàidhlig a' gabhail a-steach aithisg an Àrd-Neach-Sgrùdaidh, an t-sreath A' Togail a' Churraicealaim, The Refreshed Narrative agus Fiosrachadh mun Churraicealam airson Sàr-mhathais.

**9.2** Faodaidh a' Chomhairle san Earrann seo cuideachd a bhith feumail airson an fhoghlaim fharsaing choitcheann aig ìrean na bun-sgoile, a' gabhail a-steach amannan gluasad air adhart. Aig ìrean na h-àrd-sgoile, tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig fhathast aig ìre leasachaidh glè thràth. Mar as trice, tha na cuspairean sin rim faotainn bho AS1 gu AS3, ach is e glè bheag de sgoiltean a tha a' tairgse leantainneachd suas chun na h-ìre as sine. Tha na **cuspairean a tha rim faotainn** san fhoghlam fharsaing choitcheann a' gabhail a-steach Fraingis, Gàidhlig, cruinn-eòlas, eaconamas-dachaigh, eachdraidh, matamataig, nuadh-eòlas, foghlam pearsanta agus sòisealta, foghlam corporra, eòlas creideimh agus moraltachd agus saidheans. Tha na cuspairean sin rim faotainn gu coitcheann bho AS1 gu AS3. Aig an ìre as sine, bithear a' dèanamh theisteanasan mar as trice ann an Gàidhlig, cruinn-eòlas, eachdraidh, matamataig agus nuadh-eòlas.

9.3 Bhiodh e math nam biodh na cuspairean agus co-theacsaichean a' churraicealaim air fad air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh tidsearan stòrasan agus ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' libhrigeadh an amais seo. Tha dreuchd chudromach aig tidsearan Gàidhlig aig ìrean na h-àrd-sgoile ann a bhith a' **teagasg briathrachas agus abairtean speisealaichte** gus am bi e comasach do dhaoine òga leantainn orra ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. A thuilleadh air sin, tha dreuchd aig a h-uile tidsear Foghlam Meadhan na Gàidhlig a thaobh a bhith a' leasachadh fileantachd is briathrachas speisealta chloinne agus dhaoine òga, mar phàirt de leasachadh litearrachd.

9.4 Feumaidh **feallsanachd** a' churraicealaim a bhith stèidhichte air tuigse cho-roinnte air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus dà-chànanas. Tha luchd-obrach, daoine òga, pàrantan agus com-pàirtichean soilleir mu adhbhar agus luach Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig. Tha iad mothachail dhan obair a th' aca fhèin, ge bith am bruidhinn iad a' Ghàidhlig no nach bruidhinn, a thaobh a bhith deimhinneach is taiceil do dh'Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig. Thathar a' cur ri seo leis an dealbhadh a thathar a' dèanamh air a' churraicealam dhan fheadhainn a th' ann am foghlam tro mheadhan na Beurla dham bheil e comasach a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den fhrèam-obrach airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a tha a' leantainn air adhart gu duaisean agus teisteanasan. Feumaidh cothroman cunbhalach cuideachd a bhith ann do na h-uile a bhith ag ionnsachadh mun luach a th' ann an cànan is cultar na Gàidhlig agus na tha e a' cur ri dearbh-aithne na h-Alba. Bu chòir gu bheil daoine òga a' faighinn curraicealam a bhios a' leasachadh an cuid eòlais agus tuigse, sgilean, luachan agus beachdan a thaobh Gàidhlig gus an dèanamh comasach gus pàirt a ghabhail ann a bhith ga cur air adhart agus ga dìon agus gus an ullachadh airson beatha mar shaoranaich an t-saoghail.

9.5 Tha an **curraicealam airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho AS1 gu AS3 agus suas chun na h-ìre as sine fhathast stèidhichte air prionnsapalan-bogaidh**. Feumaidh Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith na phàirt riatanach den Fhoghlam Fharsaing Choitcheann suas gu deireadh AS3, agus an dèidh sin bidh an luchd-ionnsachaidh a' gluasad suas chun na h-ìre as sine bho AS4-AS6. Tha na h-adhbharan aige a' dol thar nam prìomh thaobhan de dh'ionnsachadh agus de leasachadh neach òg, mar a th' air a chur an cèill ann am buadhan agus comasan raointean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Feumaidh daoine òga fhathast fèin-fhiosrachadh fhaighinn air leantainneachd foghlaim san fhoghlam fharsaing choitcheann agus san ìre as sine le cothroman am fileantachd a leasachadh le bhith:

- a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair;
- a' dèanamh cuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig;
- a' dol an sàs ann an ionnsachadh eadar-chuspaireil;
- a' dol an sàs ann an cothroman airson coileanadh pearsanta; agus
- a' cleachdadh na Gàidhlig gus a dhol an sàs ann, is cur ri, beatha agus feallsanachd na sgoile.

9.6 Gus leigeil le leantainneachd ann am bogadh cumail a' dol, feumaidh sgoiltean a bhith ag amas air **earrann iomchaidh den churraicealam a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig aig ìrean na h-àrd-sgoile gus an cothrom a thoirt do dhaoine òga leantainn orra a' leasachadh am fileantachd sa Ghàidhlig tro**

**bhogadh.** Chan eil earrann mhionaideach air a sònrachadh aig an ìre seo. Ach, feumaidh e a bhith mòr gu leòr gus buaidh a thoirt air fileantachd nan daoine òga. Bu chòir do dh'àrd-sgoiltean a tha ceangailte ri sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith ag amas air leantainn orra a thaobh a bhith a' cur ri fhileantas le bhith a' tabhann ionnsachaidh, teagaisg agus mheasaidh a tha susbainteach tro mheadhan na Gàidhlig. Gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachadh ann, a thaobh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig, bu chòir do na h-àrd-sgoiltean air fad a bhith amasach a thaobh a bhith a' feuchainn gum biodh earrann shusbainteach den churraicealam air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

#### 9.7 Bidh tidsearan a' cumail sùil air agus a' tracadh adhartas na cloinne ann a bhith a' **leasachadh fileantachd thar nan ceithir co-theacsaichean de dh'ionnsachadh.**

Tha an curraicealam a' tabhann sùbailteachd gu leòr gus dèiligeadh ri laigsean ann am fileantachd tro chothroman a chaidh an ullachadh is tachartasan sa bheil làn-bhogadh. Tha fèin-fhiosrachaidhean de làn-bhogadh den t-seòrsa seo cuideachd a' toirt cothrom do dhaoine òga an cuid Gàidhlig a chleachdadh gus leud, doimhneachd is dùbhlàn a thoirt dhaibh. Feumaidh na fèin-fhiosrachaidhean sin a thaobh làn-bhogaidh a bhith air an tabhann cuideachd do dhaoine òga a th' air sgur a dh'ionnsachadh na Gàidhlig aig puingeann adhartais gus am bi cothroman aca a bhith a' cumail suas 's a' cur ris an fhileantachd aca. Tha fèin-fhiosrachaidhean mar seo de làn-bhogadh nam pàirt den chòir a th' aig clann is daoine òga air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha na cothroman làn-bhogaidh sin stèidhichte air taghadh de dh'Fhèin-fhiosrachaidhean agus Builean sa Churraicealam airson Sàr-mhathais bho raointean a' churraicealaim. Tha iad a' tabhann fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus co-theacsaichean brosnachail a tha iomchaidh, dùbhlànach agus taitneach gus coinneachadh ri feumalachdan-ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

9.8 Tha a bhith ag ionnsachadh tro bhogadh aig ìrean na h-àrd-sgoile air a leasachadh **tro fheallsanachd** de thuigse is spèis do na daoine òga a tha a' leasachadh dà-chànanas tro Foghlam Meadhan Gàidhlig. Feumaidh feallsanachd na sgoile taic a thoirt do dh'ionnsachadh na Gàidhlig mar a tha sin air a mhìneachadh sa Chomhairle seo. Bu chòir '*Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2*' a bhith air a chleachdadh ann an sgoiltean le solair Meadhan Gàidhlig gus cothrom a thoirt do dhaoine òga air fad ann am foghlam meadhan Beurla, a' Ghàidhlig ionnsachadh mar chànan a bharrachd. Is e prìomh fheart de dh'fheallsanachd a tha a' toirt taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig, ma bhios cothrom aig na daoine òga air fad, ma tha iad air a shon, a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt de dh'Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha suidheachaidhean mar sin a' toirt cothroman inntinneach dhaibh airson a bhith a' dèanamh cheanglaichean thar-ionnsachaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' fighe na Gàidhlig taobh a-staigh raointean co-roinnte agus tachartasan mar co-chruinneachaidhean, obair san t-seòmar-bidhe, teagasg san t-seòmar-clas. Ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean, bu chòir leantainn gu faiceallach ri prionnsabalan-bogaidh. Is e pàirt riatanach den Foghlam Fharsaing Choitcheann suas gu deireadh AS3 a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, agus an dèidh sin bidh an luchd-ionnsachaidh a' gluasad suas chun **na h-ìre as sine** bho AS4-AS6. Tha adhbhar Fhoghlaim Mheadhan na Gàidhlig a' dol thairis air na prìomh thaobhan de dh'ionnsachadh 's de leasachadh neach òg, mar a tha sin air a mhìneachadh sna feartan 's na comasan

de na ceithir earrannan den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha an ìre as sine a' toirt a' chothruim do sgoiltean barrachd sùbailteachd a bhith aca airson coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad gus coileanaidhean luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig agus tron Ghàidhlig a leasachadh. Feumaidh Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith air a ghabhail a-steach san ìre as sine.

**9.9** Feumaidh planadh fad-ùine a thaobh adhartais ann am Foghlam Meadhan na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil luchd-deilbh a' churraicealaim **a' cleachdadh an luchd-obrach air fad, luchd com-pàirt agus buidhnean Gàidhlig gus a bhith a' libhrigeadh agus a' toirt taic do dh'ionnsachadh dhaoine òga**. Is e an co-theacsa curraicealam as soilleire, tidsearan a bhith a' libhrigeadh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, gus co-chuid iomchaidh den curraicealam a bhith air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig feumar cuideachd modh-obrach a bhith air a phlanadh mu àite na Gàidhlig thar nan ceithir cho-theacsan den churraicealam air fad. Tha seo a' gabhail a-steach dhuaisean airson coileanaidhean pearsanta tro mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir do sgoiltean a bhith ag amas air a bhith a' tairgse co-dhiù aon chothrom gach là far am biodh daoine òga a tha a' dèanamh Foghlam Meadhan Gàidhlig a' cluinntinn 's a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig ann an suidheachaidhean susbainteach is brìghmhor.

**9.10** Feumaidh feartan de **dhealbhachd curraicealaim** mar speisealachadh, cùrsaichean beairteachaidh, taghaidhean, agus clasaichean maighstireachd a bhith air an cleachdadh gus meudachadh a dhèanamh air a' cho-chuid den churraicealam a bhios air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. San eadar-ama, bu chòir do sgoiltean a bhith a' maidseadh nan tidsearan a th' aca a tha fileanta sa Ghàidhlig ri bhith a' libhrigeadh chuspairean fa leth agus ionnsachadh eadar-chuspaireil tro mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir do na sgoiltean air fad eòlas a bhith aca air an com-pàirtichean curraicealaim a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig agus a bhith gan cleachdadh airson a bhith a' togail suas ionnsachadh a tha rianail is adhartach. Feumaidh iad a bhith a' mapadh chom-pàirteachasan a th' aca a cheana agus a bhith a' leasachadh feadhainn ùra le luchd-solair eadar-dhealaichte a bhios a' gabhail a-steach phàrantan, bhuidhnean Gàidhlig, cholaistean, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, agus feadhainn eile sa choimhearsnachd nas fharsainge a' gabhail a-steach luchd-fastaidh agus gnothachasan ionadail gus taic a thoirt don luchd-obrach aca na co-theacsan eile den churraicealam a thoirt air adhart. Tha an aithisg **Developing Scotland's Young Workforce** agus **The Young Person's Guarantee** a' toirt spionnadh às ùr don iomairt gus ionnsachadh a chur air bhonn ann an suidheachaidhean iomchaidh, dà-rìribh le slighean ionnsachaidh 16+ tro mheadhan na Gàidhlig.

**9.11** Tha tidsearan Gàidhlig gu tric a' libhrigeadh Gàidhlig mar phàirt de chòir dhaoine òga air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha an sùbailteachd ann a bhith a' teagasg thar a' churraicealaim bho AS1 gu AS3 gu mòr ri mholadh. Tha mòran eisimpleirean air leth èifeachdach ann de thidsearan a tha a' dèanamh seo a cheana. Tha **sùbailteachd thidsearan Gàidhlig**, no tidsearan a tha comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn, air fhaicinn a cheana tro iadsan a bhith a' teagasg foghlam creideimh is moralta, foghlam creideimh agus slàinte agus sunnd/foghlam pearsanta is sòisealta thar ìrean. Mu choinneamh seo, bu chòir do thidsearan a bhith a' faighinn goireasan de dh'àrd-chàileachd ann an Gàidhlig agus bu chòir dhan ùine

aca a tha saor bho theagasg a bhith ag aithneachadh gu bheil iad a' teagasg thar raointean a' churraicealaim agus gum feum iad ùine a bharrachd airson planadh.

**9.12** Tha e mar dhleastanas air tidsearan Gàidhlig a bhith a' dealbh ro-innleachd airson a bhith a' leasachadh 's a' measadh **lìtearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd tro mheadhan na Gàidhlig**, a bhios a' dèanamh ceangal ris an leasachadh aige tro mheadhan na Beurla.

**9.13** Ann am mòran sgoiltean, tha còir dhaoine òga a thaobh a bhith a' faighinn **taic choitcheann agus chuimsichte**, air a bhith air a chur an cèill mar ùine air a phlanadh còmhla ri tidsear, a h-uile là no a h-uile seachdain, uaireannan mar phàirt de dh'ùine clàraidh. Ann an cuid de sgoiltean, tha seo air a libhrigeadh le neach ainmichte, tidsearan clàraidh, neach-oideachaidh no meantar. Dhan fheadhainn a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, dh'fhaodadh seo cothrom a thoirt airson an taic a bhith air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an cuid de sgoiltean, tha seo air a choileanadh ann am buidhinn ioma-aois.

**9.14** Feumaidh sgoiltean a bhith a' leasachadh frèam-obrach airson **ionnsachadh eadar-chuspaireil** tro mheadhan na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' faighinn fèin-fhiosrachadh air a' chòir a th' aca co-chuid gu leòr den ionnsachadh a bhith tro mheadhan na Gàidhlig. Is urrainn dhan seo cuideachadh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh eadar-chuspaireil air a phlanadh mun cuairt air feumalachdan dhaoine òga agus a' dèanamh feum ann an co-theacsa eile de na sgilean cànan air fad aig com-pàirtichean a' churraicealaim. Tha ionnsachadh eadar-chuspaireil a' toirt co-theacsa bhrosnachail agus fhèin-thograch a thaobh a bhith a' leasachadh 's a' cur an cèill fileantachd, agus aig an aon àm a bhith tlachdmhor agus buntainneach. Tha e a' leantainn air adhart gu tuigse nas fheàrr air bun-bheachdan chudromach agus gu barrachd comais ann a bhith a' cleachdadh eòlas agus sgilean ann an dòighean chuartachail. Feumaidh luchd-obrach a bhith soilleir mu na ceanglaichean thar-ionnsachaidh a tha iad ag iarraidh a bhios daoine òga a' sgrùdadh agus a' tuigsinn. Bidh fios aca cuideachd mu na rudan a tha daoine òga air ionnsachadh a cheana agus mar a chuireas iad an sàs is mar a leasaicheas iad an t-ionnsachadh seo ann an dòighean ùra agus eadar-dhealaichte. Bidh fios aig a h-uile duine a tha an sàs de na sgilean 's na bun-bheachdan, bho chuspairean no raointean eadar-dhealaichte, a tha iad a' tarraing ri chèile agus carson. Bidh fios aca cuideachd mar a tha ionnsachadh eadar-chuspaireil a' togail air agus a' leudachadh fileantachd dhaoine òga.

**9.15** Feumaidh tòrr a bharrachd sùbailteachd agus **obair clustair** a bhith air a dhèanamh thar ìrean na bun-sgoile 's na h-àrd-sgoile le tidsearan gam faicinn fhèin mar thidsearan den fhoghlam fharsaing choitcheann agus a' co-obrachadh ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh is teagasg. Tha **sgoiltean le solair 3-18** a' fosgladh suas cothroman do thidsearan a bhith ag obair thar ìrean agus le buidhnean ioma-aois. Faodaidh an t-aon rud a bhith air a dhèanamh le bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean a thaobh a bhith ag obair ann an ullachaidhean clustair. Tha a bhith a' cleachdadh 's ag adhartachadh na Gàidhlig aig **tachartasan làn-sgoile** cuideachd cudromach. Bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh agus air a cur an sàs sna tachartasan sin gus cothrom a thoirt do na h-uile fèin-fhiosrachadh fhaighinn sa Ghàidhlig. Aig amannan eile, bidh tachartasan làn-sgoile mar co-chruinneachaidhean air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig do dhaoine òga

ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha seo a' toirt a' chothruim do dhaoine òga a bhith a' leasachadh litearrachd tro Ghàidhlig agus cuideachd a bhith a' leasachadh, mar eisimpleir, builean foghlam creideimh is moraltachd.

**9.16** Tha cothroman airson **coileanaidhean pearsanta** nan co-theacsa chudromach airson a bhith a' cur cànan an sàs, a bhith a' togail misneachd agus raon de sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair. Tha grunnan phrògram leithid duaisean Iain Muir, Diùc Dhùn Èideann agus Bratach na Croise mar-thà a' cur ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus cuideachd a' toirt chothroman-ionnsachaidh còmhnaidheach agus air a' bhàr a-muigh. Tha tachartasan mar an Deasbad Nàiseanta agus FilmG a' leasachadh sgilean Gàidhlig agus cuideachd feadhainn co-cheangailte ri ionnsachadh, beatha is obair. Feumaidh coileanaidhean pearsanta a bhith mar phàirt de phròiseas a bhios air a phlanadh le com-pàirtichean ag obair gu dlùth le tidsearan ann a bhith a' planadh adhartas agus rian ann an ionnsachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd, aig an aon àm 's a tha iad a' toirt spèis do dhìomhaireachd chloinne is dhaoine òga, a bhith a' cuideachadh ann a bhith a' coinneachadh ris na builean a thaobh sgrùdadh agus tracadh gus togail air fileantachd. Tha e cuideachd na shùileachadh nàiseanta gum bi com-pàirtichean an sàs ann am fèin-mheasadh. Feumaidh cothroman airson coileanadh pearsanta cothroman beairteach a thoirt gus tuilleadh sgilean cànan a leasachadh agus faodaidh iad gabhail a-steach:

- clubaichean an dèidh na sgoile, campaichean samhraidh, agus cuairtean a bhios a' cur fòcas air na h-ealain chruthachail, obair-ciùird, seinn, co-fharpaisean deasbaid, dèanamh fhilmichean;
- taic le obair dachaigh agus ionnsachadh;
- spòrs agus cur-seachadan;
- ceanglaichean ri solaraichean eile a bhios a' tabhann Foghlam Meadhan Gàidhlig agus dùthchannan eile a bhios a' leasachadh ionnsachadh tro bhogadh; agus
- leasachadh choileanaidhean agus dhuaisean phearsanta.

**9.17** Feumaidh ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd is fheadhainn eile, leantainn orra a' tabhann chothroman do luchd-ionnsachaidh a bhith a' coileanadh **creideasachadh tro mheadhan na Gàidhlig airson sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair**. Feumaidh seo gabhail a-steach duaisean-coidsidh spòrs agus ceannardas agus raon farsaing de thachartasan ciùil, thèatar is ealain. Tromhpa-san, faodaidh luchd-ionnsachaidh am misneachd 's am fèin-mheas fhèin a thogail suas, an cruthachalachd a mheudachadh, agus raon de sgilean a leasachadh a leanas air adhart gu slighean obrach nas fheàrr. Bhiodh e cuideachd feumail coimhead ri bhith a' leasachadh chothroman a tha a' brosnachadh clann is daoine òga gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig àm lòn agus aig clubaichean an dèidh na sgoile agus aig tachartasan eile. Feumaidh clann spionnadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile. Is e dòigh a tha an seo anns an urrainn do chom-pàirtichean, pàrantan, daoine saor-thoileach agus a' choimhearsnachd buaidh chudromach a thoirt. Ann an cuid de cheàrnaidhean is urrainn do Cho-òrdanaichean Gnìomhach Sgoile taic a thoirt. Tha àite aig Co-òrdanaiche Gnìomhach Sgoile cuideachd ann a bhith a' trèanadh dhaoine òga gu a bhith nan ceannardan a' gabhail uallach airson a leithid sin de thachartasan. Bhon t-Sultain 2015, bidh gach sgìre ùghdarras ionadail ag ullachadh plana trì bliadhna a mhìnichas mar a bhios ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd air a libhrigeadh. Feumaidh na planaichean sin sealltainn gu soilleir mar a bhios Foghlam

Meadhan na Gàidhlig air adhartachadh. Feumaidh sgrùdaidhean HM dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean a' sealltainn mar a thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig sa churraicealam.

**9.18** Is e prìomh phrionnsapal airson dealbhadh curraicealaim aig ìrean AS1-AS3 dèanamh cinnteach gu bheil na daoine òga a' faighinn an **còir nàiseanta a thaobh a bhith a' faighinn an làn-raon de dh'Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig an treas ìre mus ruig iad deireadh AS3**. Bu chòir do sgoiltean cuideachd a bhith ag amas air gum bi nas urrainn de dhaoine òga a' dol nas fhaide na sin gus a bhith soirbheachail anns a' cheathramh ìre de dh'Fhèin-fhiosrachaidhean agus Bhuilean. Gus an tèid fuasglaidhean fhaighinn a thaobh suidheachadh an luchd-obrach, bidh cuid de na sùileachaidhean nàiseanta airson a' churraicealaim air a libhrigeadh tro theicneòlas, a' gabhail a-steach an t-ùrlar nàiseanta didseatach e-Sgoil agus tro mheadhan na Beurla. Feumaidh ionnsachadh dhaoine òga ann am Foghlam Mheadhan na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil e a' toirt làn-fhiosrachadh mu stiùireadh agus comhairle nàiseanta, biodh sin sa Ghàidhlig no sa Bheurla. Feumaidh cothroman airson pearsantachadh agus taghadh thar iomadh taobh den ionnsachadh a bhith aig daoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig tro AS1 gu AS3. Faodaidh iad sin gabhail a-steach taghaidhean tro ionnsachadh, theagasg agus mhodhan measaidh; chuspairean no cho-theacsaichean; chuspairean airson ionnsachadh eadar-chuspaireil; cothroman a th' aig luchd-ionnsachaidh a bhith a' cur ri beatha na sgoile mar choimhearsnachd; agus tro na gnìomhan a bhios iad a' dèanamh airson coileanadh pearsanta. Bu chòir do na gnìomhan a bhios an neach òg a' taghadh togail air an ro-ionnsachadh agus leantainneachd a thabhann tro leud, dùbhlach agus cur an cèill. Tha mòran sgoiltean a' planadh an curraiceala ann an leithid de dhòigh 's gum faigh daoine òga cothrom taghaidh agus speisealachaidh a dhèanamh ann an AS3. Feumaidh am plana a bhith mothachail, cho fad 's a ghabhas, gum bi cothrom ann a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman gu leòr ann a bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig na phàirt cudromach de bhith a' cumail suas ùidh dhaoine òga a thaobh a bhith a' leasachadh am fileantachd sa Ghàidhlig. Tha e a' cheart cho cudromach gu bheil na cothroman sin air am planadh gus ionnsachadh a thoirt dhaibh a tha adhartach, rianail, dùbhlach agus a tha gan ullachadh airson a dhol air adhart chun na h-ìre as sine agus gu teisteanasan. Feumar a bhith faiceallach, ge-tà, nach tèid dubhadh às cothroman airson a dhol air adhart ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig.

**9.19** Tha AS3 a' comharrachadh clach-mhìle chudromach ann an ionnsachadh dhaoine òga. Dh'fhaodadh gur e seo an cothrom mu dheireadh a bhios aca de chuid de raointean den churraicealam no chuspairean. A thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig, is e àm cudromach a th' ann a thaobh a bhith a' comharrachadh 's a' clàradh na tha daoine òga air a choileanadh, agus a bhith a' toirt stiùir shoilleir a thaobh na h-ìre aig a bheil na daoine òga a thaobh an adhartas ann am fileantachd agus na h-ath cheumannan gus tuilleadh leasachadh a dhèanamh air. Is e iomradh luachmhor a tha ann an **dealbh sgoilear AS3** a tha air a dheagh chumail is le fianais iomchaidh, a bheir taic do dh'adhartas luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd. A thaobh dhaoine òga, tha an dealbh agus am pròiseas-clàraidh na sgrìobhainn chudromach airson a bhith a' gluasad air adhart len ionnsachadh agus a bhith a' dol air adhart an dèidh an fhoghlaim fharsaing choitchinn gu slighean mar an ìre as sine, cothroman obrach san àm ri teachd agus trèanadh. Tha am pròiseas-clàraidh agus

an Dealbh glè chudromach ann a bhith a' toirt taic do dhaoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a bhith ag aithneachadh an coileanaidhean agus na h-ath cheumannan ann a bhith a' leasachadh an sgilean cànan. Tha conaltradh eadar an neach-ionnsachaidh 's an tidsear aig cridhe a' phròiseis a tha seo. Is e prìomh phròiseas a tha seo gus a bhith a' meòrachadh air na rudan a chaidh a choileanadh agus air an ionnsachadh a chaidh a dhèanamh. Feumaidh e comhairle a thoirt do na daoine òga mun dòigh anns am faod iad a bhith a' faighinn cothrom air ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig sna seòmraichean-sgoile agus nas fharsainge na sin.

**9.20** Aig deireadh **AS4**, faodaidh luchd-ionnsachaidh a bhith san sgoil, ann an colaiste, còmhla ri solaraichean trèanaidh, san àite-obrach, an sàs ann am prògraman a th' air an tabhann sa choimhearsnachd no le buidhnean-òigridh, no ann am prògraman a th' air an tabhann ann an com-pàirteachas, mar an fheadhainn a bhios air an tabhann tro chom-pàirteachasan sgoil-colaiste, sgoil-fastaiche no sgoil-oilthighe. Faodaidh iad a bhith nam prògraman làn-ùine no pàirt-ùine. Faodaidh iad a bhith ag ionnsachadh tro mheasgachadh de chlasaichean aghaidh ri aghaidh no ionnsachadh ag astar. Fhad 's a bhios iad a' gluasad air adhart tro **AS5 agus AS6**, faodaidh iad eòlas faighinn air raon a bhios a' sìor leudachadh de dh'ullachaidhean libhrigidh agus com-pàirteachais, agus a bhith a' gabhail tuilleadh is tuilleadh uallaich airson an cuid ionnsachaidh fhèin. Feumaidh an Dealbh AS3 agus an clàradh stèidh a thabhann airson planadh a thaobh nan diofar shlighean coileanaidh a tha sin tron ìre as sine.

**9.21** Mar a bhios an ìre as sine air a leasachadh agus modhan-obrach eadar-dhealaichte a' nochdadh airson luchd-ionnsachaidh bho AS4 gu AS6, nì sgoiltean cinnteach gu bheil daoine òga a' dèanamh chùrsaichean a bhios a' leantainn air adhart gu **Teisteanasan Nàiseanta** sa Ghàidhlig, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), agus cuspairean a bhios air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an àireamhan iomchaidh. Feumaidh sgoiltean gluasadan a thracadh a thaobh a bhith a' cur air adhart dhaoine òga gu Teisteanasan Nàiseanta ann am Foghlam Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-àireamhan a tha a' dol air adhart air an cumail suas agus a' meudachadh mar a bhios iomchaidh. Mar phàirt den sgrùdadh agus den tracadh air adhartas agus coileanadh, feumaidh sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail lùghdachadh a dhèanamh air an àireamh de dhaoine òga a tha a' fàgail Foghlam Meadhan Gàidhlig 3-18 às aonais duais no teisteanas ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)/Gàidhlig no tro Ghàidhlig. Feumaidh sgoiltean a bhith a' coimhead ri bhith a' tabhann slighean iomchaidh agus dùbhlanaich dha na daoine òga sin gus togail nas èifeachdaiche air am fileantachd agus gus seachnadh dì-coileanadh. Tha dealbhadh na h-ìre as sine a' fosgladh suas chothroman a thaobh a bhith a' coinneachadh ann an dòigh nas fheàrr ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh.

**9.22** Ann a bhith a' sgrùdadh dè cho math 's a tha sgoiltean a' libhrigeadh curraicealam tro mheadhan na Gàidhlig, dh'fhaodadh na leanas a bhith nan ceumannan feumail:

- a' dèanamh cinnteach gur e luchd-obrach a tha fileanta sa Gàidhlig a tha a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- a' faicinn an gabh barrachd co-roinn a bhith air a dhèanamh de dh'ealantas luchd-obrach eadar an dà chuid bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean eile;



- a' faicinn ciamar as urrainn do theicneòlas a bhith air a chleachdadh mar mheadhan-libhrigidh, a' gabhail a-steach an t-ùrlar didseatach e-Sgoil airson na susbaint air fad no pàirt de shusbaint cùrsa;
- a' faicinn a bheil modhan-obrach a thaobh ionnsachaidh phroifeiseanta fad-dhreuchd a' brosnachadh luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh am fileantachd sa Ghàidhlig;
- ag obair le bun-sgoiltean gus dèanamh cinnteach nach eil gluasad air adhart air a chumail air ais le bhith ag atharrachadh am meadhan libhrigidh;
- a' dèanamh sgrùdadh air dè cho math 's a tha dealbhadh curraicealaim leithid speisealachadh, cùrsaichean beairteachaidh, taghaidhean, agus clasaichean maighstireachd a bhith air an cleachdadh gus meudachadh a dhèanamh air a cho-chuid de ionnsachadh tron Ghàidhlig;
- a' dèanamh sgrùdadh air dè cho math 's a tha ionnsachadh thar chuspair air a chleachdadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig;
- a' brosnachadh chom-pàirtichean gus bhith a' libhrigeadh taobhan den churraicealam tron Ghàidhlig;
- a' dèanamh sgrùdadh air dè cho math 's a tha colaistean, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig a' cur ri Foghlam Meadhan Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh modhan-obrach de dh'ionnsachadh co-mheasgaichte;
- a' dèanamh sgrùdadh air an dòigh san urrainn cothroman airson coileanaidhean pearsanta agus creideasachadh ionnsachadh tron Ghàidhlig a sholarachadh;
- a bhith a' cleachdadh àm lòn agus clubaichean an dèidh na sgoile mar chothrom do dhaoine òga a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig;
- a' faicinn a bheil adhartas bhon fhoghlam fharsaing choitcheann gu Nàiseanta 4, 5 agus Àrd Ìre ann an cuspair sam bith comasach; agus
- a' faicinn a bheil adhartas bho Àrd Ìre gu Sàr Àrd Ìre comasach.

## 10. Foghlam Meadhan Gàidhlig: a' leasachadh fileantachd le prògram air a dhealbh airson cànan, gràmar agus briathrachas

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tron ìre làn-bhogaidh, tha leasachadh gràmar agus briathrachas speisealta air fhighhe a-steach don ionnsachadh agus don chluich tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd fad na h-ùine.
- An dèidh seo agus aig na h-ìrean bogaidh, fàsaidh clann nas mothachaile air leasachadh raointean cànan sònraichte. Tha puingean gràmair sònraichte agus briathrachas speisealaichte air an dealbh ann am prògraman is cùrsaichean thar raointean a' churraicealaim agus co-theacsaichean a' churraicealaim.
- Tha e cudromach gun lean sgoiltean orra leis a' chleachdadh poileasaidh a bhith aca a thaobh an dòigh sam bhithear a' ceartachadh mhearachdan cànan a bhios aig clann is daoine òga gus nach fhàs na mearachdan sin bitheanta.

**10.1** Tha modhan-obrach a thaobh a bhith ag ionnsachadh 's a' teagasg sgilean cànan Gàidhlig air a bhith air an leasachadh gu mòr thar ùine. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, tha sgoiltean air aontachadh **modhan-obrach air an deagh bhreithneachadh airson a bhith a' leasachadh eòlas is cleachdadh cànan chloinne is dhaoine òga**. Tha tidsearan, mar eisimpleir, sgileil ann a bhith a' modaladh deagh chleachdadh de Ghàidhlig a bhios aig clann is daoine òga gun a bhith a' lùghdachadh am misneachd ann a bhith a' cleachdadh a' chànan. Bidh iad gu faiceallach a' cleachdadh cànan ann an dòigh iomchaidh agus a' toirt seachad mìneachadh gus taic a thoirt ann a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig. An uair sin, bidh an neach-ionnsachaidh, a' tuigsinn carson a chaidh a cheartachadh 's ag ràdh an rud ceart mar phàirt nàdarra den phròiseas ionnsachaidh. Gu saor-thoileach bidh na tidsearan a' cruthachadh shuidheachaidhean eile do chlann is do dhaoine òga airson a bhith a' cluinntinn 's a' cleachdadh cànan a tha ceart. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha iad a' cleachdadh modhan-obrach mhatha airson teagasg is measadh.

**10.2** Tron ìre làn-bhogaidh, tha leasachadh gràmar agus briathrachas speisealta air fhighhe a-steach don ionnsachadh 's don chluich tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine. Tron ìre làn-bhogaidh, tha clann air an dèanamh mothachail air cànan de dh'àrd-chàileachd le bhith a' cleachdadh gràmar ann an dòigh cheart. Bidh clann a' cluinntinn, a' gabhail a-steach agus ag ionnsachadh seo gun a bhith a' smaoinneachadh mu ghràmar. Cleachdaidh an tidsear tachartasan is gnìomhan, mar eisimpleir, rann sònraichte no raon-cluiche mar a bhios iad ag aithneachadh seo mar an ath cheum ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh na cloinne. Aig amannan eile, bho bhith a' cumail sùil air ionnsachadh, bidh an luchd-obrach mothachail gu bheil feum aig cànan na cloinne air taic ann an raon sònraichte.

**10.3** An dèidh seo agus aig **na h-ìrean bogaidh**, fàsaidh clann nas mothachaile air leasachadh raointean cànan sònraichte. Tha puingean gràmair sònraichte agus briathrachas speisealaichte air an dealbh ann am prògraman is cùrsaichean thar raointean a' churraicealaim agus co-theacsaichean a' churraicealaim. Ann a bhith a' dèanamh seo, feumaidh frèam nas soilleire a bhith aig sgoiltean a thaobh a bhith a' leasachadh gràmar a bhios a' sealltainn adhartas is rian. Feumaidh seo cuideachd taobhan cudromach de ghràmar a shònrachadh a bu chòir clann is daoine òga a

bhith eòlach air mun àm a ruigeas iad ìre shònraichte. Bidh planadh airson gràmar cuideachd a' gabhail a-steach chothroman a bhith a' cleachdadh 's a' cur an sàs gràmar air stèidh nas neo-eisimeiliche thar raointean is co-theacsaichean a' churraicealaim. Feumaidh am planadh airson leasachadh-gràmair obrachadh glè dhlùth le bhith a' sgrùdadh 's a' tracadh adhartas is coileanadh na cloinne. Cleachdaidh tidsearan measadh gu bhith a' faicinn a bheil clann is daoine òga air taobhan sònraichte de leasachadh cànan a thogail agus tillidh iad thuige nuair a bhios e riatanach gus gràmar a dhaingneachadh 's a leudachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd am fiosrachadh seo a chleachdadh gus sgrùdadh a dhèanamh agus gus an cleachdadh 's am planadh a thaobh gràmar a leasachadh mar phàirt de bhith a' leasachadh a' churraicealaim. Nì seo cinnteach gun lean leasachaidhean orra ann an cleachdadh 's ann an cànan na cloinne is nan daoine òga sa Ghàidhlig agus gum bi i ceart is fileanta aca. Feumaidh fòcas sònraichte a chur air a bhith a' fighe prìomh phuingeann gràmair san ìre làn-bhogaidh a dh'fhaodadh a bhith na bu dorra a leasachadh nas fhaide air adhart mar leasan air leth ann an gràmar. Tha e cuideachd feumail a thaobh na cloinne as sine is daoine òga a bhith a' sìor chleachdadh briathrachas gràmair gus an cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean le cànanan eile.

**10.4** Tha e cudromach gun lean sgoiltean orra leis a' chleachdadh **poileasaidh a bhith aca a thaobh an dòigh airson a bhith a' ceartachadh mhearachdan cànan a bhios aig clann is daoine òga** gus nach fhàs na mearachdan sin bitheanta. Mur a tèid an ceartachadh, bidh mearachdan cànan a' fàs nas dùbhlanaiche do chlann is do dhaoine òga a thaobh a bhith a' dèiligeadh riutha. Thar nan ìrean, feumaidh modh-obrach chunbhalach a bhith aig tidsearan a thaobh a bhith a' ceartachadh mhearachdan anns na bhios clann is daoine òga ag ràdh 's a' sgrìobhadh. Feumaidh planaichean soilleir a bhith aig tidsearan a thaobh a bhith a' leasachadh fileantachd ann an dòigh adhartach is rianail.

**10.5** Aig ìrean na h-àrd-sgoile, feumaidh tidsearan a tha nan speisealaichean ann an Gàidhlig a bhith a' co-òrdanachadh an taobh seo de litearrachd agus a' toirt taic dhan fheadhainn a tha nan speisealaichean cuspair, ach is dòcha nach eil nan speisealaichean a thaobh a bhith a' teagasg chànanan. Is e aon mhodh-obrach gum faodadh prìomh àite a bhith aig tidsearan a tha nan speisealaichean ann an Gàidhlig a thaobh a bhith ag adhartachadh agus/no a' teagasg a' chànan, am briathrachas speisealta 's an gràmar a dh'fheumar ann an raointean den churraicealam. Feumaidh iad cuideachd a bhith an sàs ann a bhith a' tracadh 's a' sgrùdadh sgilean cànan chloinne is dhaoine òga thar raointean a' churraicealaim air fad. Tha na tidsearan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig nan tidsearan de raointean den churraicealam is de chuspairean, agus cuideachd nan tidsearan de leasachadh cànan.

## 11. Foghlam Meadhan Gàidhlig: A' gluasad air adhart

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh sgoiltean agus com-pàirtichean a bhith an sàs ann an conaltradh a thaobh a bhith a' planadh ionnsachadh 3-18 airson Foghlam Meadhan na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh thar nan raointean curraicealam air fad, gu sònraichte a' dol a-steach gu P1, eadar P7 is AS1 agus bhon fhoghlam fharsaing choitcheann a-steach chun na h-ìre as sine.

**11.1** Is iad na gluasadan air adhart, na gluasadan a tha clann is daoine òga a' dèanamh bhon dachaigh chun na sgoil-àraich, bho ìre gu ìre (agus tro ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais), bho bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile, eadar sgoiltean, agus bhon àrd-sgoil gu foghlam adhartach agus àrd-ìre agus gu obair. Tha e riatanach gum bi ullachaidhean gluasad air adhart èifeachdach nan àite airson na cloinne 's nan daoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig mar a bhios iad a' gluasad bho ìre gu ìre. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' cur an cèill targaid àrd-amasach a thaobh a bhith a' meudachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig. Gus àm ri teachd a bhios seasmhach airson a' chànain a chruthachadh, feumaidh an àireamh de dhaoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith seasmhach tron fhoghlam fharsaing choitcheann a bhios a' leantainn air adhart gu duaisean is teisteanasan aig an ìre as sine.

**11.2** Feumaidh sgoiltean agus com-pàirtichean co-obrachadh ann a bhith a' planadh ionnsachadh 3-18 airson Foghlam Meadhan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd is adhartas ann an ionnsachadh a' dol thar nan raointean curraicealaim air fad, gu sònraichte a-steach gu P1, eadar P7 is AS1 agus bhon fhoghlam fharsaing choitcheann a-steach chun na h-ìre as sine. Feumaidh barrachd mothachaidh a bhith air a thoirt don ìre thràth de Fhoghlam Mheadhan na Gàidhlig, a' tòiseachadh aig aois trì bliadhna le leantainneachd a-steach gu P1.

## 12. Foghlam Meadhan Gàidhlig: Modh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan

### Prìomh fhiosrachadh:

- Sa Mhodh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan ann an Alba, bidh clann an toiseach air am bogadh sa Ghàidhlig a' cleachdadh Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig na h-ìrean tràtha 's na ciad ìrean.
- Aig P3/P4, tòisichidh clann a' dèiligeadh ri Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a thaobh litearrachd agus Beurla.
- Ionnsaichidh clann dàrna cànan a bharrachd, L3, ann an ùine nach bi nas fhaide air adhart na P5.

**12.1** Tha Mhodh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan ann an Alba a' toirt frèam-obrach chudromach airson a bhith a' meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig thar na dùthcha. Tha an aithisg mu Mhodh-obrach 1+2 ag aithneachadh gur e eisimpleir air leth èifeachdach de dh'ionnsachadh cànan a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig.

**12.2** Ann a bhith a' cur an cèill Modh-obrach 1+2 ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, feumar planadh airson trì cànanan sa churraicealam, agus a bhith a' toirt aithne do phrionnsabalan-bogaidh. An toiseach, bidh clann air am bogadh sa Ghàidhlig a' cleachdadh Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig na h-ìrean tràtha is na ciad ìrean. Aig P3/P4, tòisichidh iad a' dèiligeadh ri Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a bhios a' buntainn ri litearrachd agus Beurla. San dòigh seo, bidh an cothrom aig a' chloinn seo buannachdan dà-chànanas a mhealtainn. Mar a thathar an dùil sa Mhodh-obrach 1+2, bidh an comas aca sgilean a leasachadh, agus eòlas is tuigse air an dòigh sa bheil cànanan ag obair. Cuidichidh na sgilean sin a ghabhas an cleachdadh ann an suidheachaidhean eile iad ann a bhith ag ionnsachadh an dàrna cànan a bharrachd, L3, agus gheibh clann a tha ag ionnsachadh ann an FMG cothrom air mu P5. Bu chòir astar is adhartas an ionnsachaidh a sgrùdadh agus a thracadh gu faiceallach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn ionnsachadh a tha dùbhlach, a tha a' stèidheachadh sùileachaidhean àrda agus a' coinneachadh ri feumalachdan sònraichte chloinne. Tro AS1 gu AS3, bu chòir cothroman a bhith aig daoine òga leantainn orra ag ionnsachadh a' chànan a bharrachd a tha seo, L3, còmhla ris a' Bheurla 's a' Ghàidhlig, mar phàirt de dh'eòlas adhartach. Feumaidh leud, doimhneachd agus dùbhlachd a bhith mar phrìomh fheartan de dh'ionnsachadh dhaoine òga de L3 gus cunntas a ghabhail de bhuannachdan dà-chànanais.

## 13. Foghlam Meadhan Gàidhlig: a' cruthachadh feallsanachd airson na Gàidhlig ann an sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig is ann an suidheachaidhean eile.

### Prìomh fhiosrachadh:

- Feumaidh an t-solair tro Mheadhan na Gàidhlig air fad a bhith ag amas air feallsanachd a chruthachadh a tha taiceil a thaobh bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Airson seo, tha àite cudromach aig an luchd-obrach air fad, aig clann, aig daoine òga agus aig pàrantan.
- Feumaidh beachd deimhinneach agus in-ghabhalach a bhith aig a h-uile ball de choimhearsnachd na sgoile mun Ghàidhlig agus a thaobh nan daoine a bhios a' bruidhinn 's ag ionnsachadh a' chànain.
- An uair a tha solair tro Mheadhan na Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla còmhla san aon sgoil, feumaidh a' chlann air fad an cothrom a bhith aca ionnsachadh mu chànain, mu chultar agus mu dhualchas na Gàidhlig mar phàirt de dhearbhadh-aithne na h-Alba.
- Feumaidh clann is daoine òga a bhith air am brosnachadh gus a bhith a' bruidhinn 's a' cleachdadh na Gàidhlig airson raon de dh'adhbharan ann a bhith a' leasachadh an ionnsachaidh thar a' churraicealaim agus a' cur ris an fheallsanachd airson Gàidhlig ann an sgoil.

**13.1** Feumaidh an t-solair tro Mheadhan na Gàidhlig air fad a bhith ag amas air feallsanachd a chruthachadh a tha taiceil gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Airson seo, tha àite cudromach aig an luchd-obrach air fad, aig clann, aig daoine òga agus aig pàrantan.

**13.2** Tha feallsanachd airson Gàidhlig air a chruthachadh le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig airson a bhith a' libhrigeadh thar nan ceithir co-theacsaichean den churraicealam. Tha e stèidhichte air uail ann an cànan 's ann an cultar na Gàidhlig agus ann a bhith a' comharrachadh dà-chànanas.

**13.3** Feumaidh beachd deimhinneach is in-ghabhalach a bhith aig a h-uile ball de choimhearsnachd na sgoile mun Ghàidhlig is a thaobh nan daoine a bhios a' bruidhinn 's ag ionnsachadh a' chànain. Feumaidh tuigse choitcheann a bhith ann mu **carson a tha a' Ghàidhlig cudromach agus a luach a tha innte a thaobh ionnsachaidh**. Tha feallsanachd airson Gàidhlig cùramach, àrachail, is làn spèis agus a' toirt a' chothruim don luchd-obrach, don chloinn is do dhaoine òga air fad a bhith an sàs ann an conaltraidhean gu tric tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' ciallachadh gur i a' Ghàidhlig cànan na sgoile. A thuilleadh air seo, feumaidh gach neach a tha an sàs san t-solair tro Mheadhan na Gàidhlig tuigse a bhith aca air carson a chluinneas iad a' Ghàidhlig air a bruidhinn 's air a cleachdadh san sgoil. Mura h-eil iad fhathast fileanta sa Ghàidhlig, feumaidh iad a bhith dealasach mu bhith a' cleachdadh 's ag ionnsachadh beagan Gàidhlig, eadhoin dìreach abairtean nàdarraich làitheil. Is e dòigh ionnsachaidh sònraichte a th' ann am bogadh. Bu chòir tuigse a bhith aig na h-uile air an fheallsanachd a th' air a chùl agus na cleachdaidhean a tha na chois. San t-solair tro Mheadhan na Gàidhlig, tha a' Ghàidhlig air a cluinntinn 's air a faicinn fad na h-ùine sna seòmraichean-sgoile, seòmraichean-cluich' a-staigh agus a-muigh. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh fileantachd chloinne is dhaoine òga agus a' toirt cothroman fìora do

chlann a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig. Tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh aig tachartasan is làraich làn-sgoile, mar eisimpleir aig co-chruinneachaidhean, aig cuirm-dhuaisean, ag ainmeachadh nithean, a' tadhal air seòmraichean-clas, san t-seòmair-bidh agus a' freagairt an fhòin. Tha a' Ghàidhlig faicsinneach, mar eisimpleir ann an soidhnichean 's ann an conaltradh leithid litrichean is puist-dealain. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' cur na Gàidhlig an cèill air taobh a-muigh an t-seòmair-clas.

**13.4 An uair a tha solair tro Mheadhan na Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla còmhla san aon sgoil, feumaidh a' chlann air fad an cothrom a bhith aca ionnsachadh mu chànan, chultar agus dhualchas na Gàidhlig mar phàirt de dhearbhadh aithne na h-Alba.** Tha Modh-obrach 1+2 a thaobh ionnsachadh cànan a' tabhann chothroman airson na Gàidhlig ionnsachadh. Feumaidh tuigse co-roinnte a bhith aig an luchd-obrach air fad, clann is daoine òga, air an fheallsanachd a thaobh na Gàidhlig. An uair a tha solair tro Mheadhan na Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla còmhla san aon sgoil, tha a' Ghàidhlig air a cluinntinn is air a faicinn fad na h-ùine sna seòmraichean-sgoile, taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile 's air a' bhàr a-muigh. Bidh an fheadhainn a tha a' dèanamh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig cuideachd a' cleachdadh an cuid Ghàidhlig airson an cuideachadh gus a bhith a' fàs nas fhileanta agus gus cothroman fìora a thoirt dhaibh ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh aig tachartasan is làraich làn-sgoile. Tha a' Ghàidhlig faicsinneach, mar eisimpleir ann an soidhnichean 's ann an conaltradh leithid litrichean is puist-dealain. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' cur na Gàidhlig an cèill taobh a-muigh an t-seòmair-clas agus an t-seòmair-cluiche.

**13.5** Feumaidh clann is daoine òga a bhith air am brosnachadh gus a bhith a' bruidhinn 's a' cleachdadh na Gàidhlig airson raon de dh'adhbharan ann a bhith a' leasachadh an ionnsachaidh thar a' churraicealaim agus a' cur ris an **fheallsanachd airson Gàidhlig** ann an sgoil. Tha seo a' toirt deagh chothrom do chlann a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh 's an coileanaidh aca fhèin agus aig feadhainn eile. Ann a bhith a' leasachadh nan ceithir chomasan den Churraicealam airson Sàr-mhathais, tha mòran chothroman ann do clann is do dhaoine òga a thaobh a bhith gnìomhach is neo-eisimeileach ann an iomairt, agus ann an tachartasan is gnìomhan cultarail, ciùil, spòrs, agus obair saor-thoileach is ceannardas. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir do choileanaidhean chloinne is dhaoine òga a bhith air an aithneachadh tro chlàradh agus le duaisean is cuachan sgoile, ionadail agus nàiseanta. Tha uallach airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an feallsanachd a thaobh na Gàidhlig cuideachd a' dol a-mach gu luchd-tadhail na sgoile, ge bith an e com-pàirtiche, pàrant no ball den choimhearsnachd a th' annta. Feumaidh iad cuideachd am pàirt a chluich ann a bhith a' cur ri feallsanachd airson Gàidhlig leis an dealas aca a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Bu chòir an cleachdadh de **theicneòlas fiosrachaidh agus conaltradh** agus ceòl a bhith air a mheudachadh gus àrainn Ghàidhlig a chruthachadh ann an sgoiltean. Mar a bhios luchd-tadhail a' tighinn chun na sgoile, bu chòir soidhnichean is clàraidhean a bhith am follais a tha ag innse gu bheil a' cur luach sa Ghàidhlig san sgoil agus gu bheil i air a cleachdadh innte.

## 14. Foghlam Meadhan Gàidhlig: luchd-ionnsachaidh le feumalachdan a-bharrachd

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha reachdas a' cur uallaichean air ùghdarrasan ionadail, agus air buidhnean eile, gus a bhith a' tabhainn taic a bharrachd an uair a bhios feum air, gus am bi e comasach do leanabh no neach òg sam bith buannachd fhaighinn bho fhoghlam.
- Aig an ìre seo ann an leasachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig, ged a tha e ion-mhiannaichte, tha fhathast dùbhlain ann a thaobh a bhith a' solarachadh cuid dhen taic seo tro mheadhan na Gàidhlig.
- Faodaidh seo adhbharachadh gur ann tro mheadhan na Beurla a bhios cothrom air a bhith a' comharrachadh feuman is seirbheisean taic, ach gum biodh mothachadh ann air na modhan-obrach a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig
- Tha amasan agus cinn-uidhe a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014 a' cur uallach air an luchd-obrach uile coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad.

**14.1** Is e raon de dh'fheum àraid a chaidh a shònrachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig **taic do chlann agus do dhaoine òga aig a bheil feum air taic a bharrachd len ionnsachadh**. Tha clann is daoine òga air fad bhon àm breith aca gu aois 25 airidh air taic lem foghlam. Faodaidh seo a bhith mar thaic leantainneach, bho luchd-obrach là an dèidh là agus feumaidh e a bhith cùramach is in-ghabhaltach. Tha còir air taic a bharrachd ceangailte ri ciorram no feumalachdan slàinte, sòisealta no factaran faireachail airson amannan geàrr- no fad-ùine a th' air an ullachadh airson neach fa-leth airson cuideachadh gus faighinn thairis air bacaidhean a thaobh ionnsachaidh. Tha Bòrd na Gàidhlig air sgrùdadh a choimiseanadh mun raon seo le molaidhean a thaobh gnìomhan agus anailis air na feumalachdan a thaobh ionnsachadh proifeiseanta a th' aig luchd-obrach.

**14.2** Tha reachdas a' cur uallaichean air ùghdarrasan ionadail, agus air buidhnean eile, taic a bharrachd a thabhann nuair a bhios feum air, gus am bi e comasach do leanabh no neach òg sam bith buannachd fhaighinn bho fhoghlam. A thaobh cuid de chlann is de dhaoine òga, tha **taic thargaidichte** air iarraidh gus coinneachadh ris na feuman a bharrachd. Aig an ìre seo ann an leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, ged a thathar ga mhiannachadh, tha fhathast **dùbhlain ann a bhith a' solarachadh cuid dhen taic seo tro mheadhan na Gàidhlig**. Tha e mar phrìomh amas a bhith a' sònrachadh nam bacaidhean aig ìre thràth 's a' toirt taic an dèidh làimh. Nì taic ann a bhith a' toirt air falbh nan cnapan-starraidh a dh'fhaodas a bhith a' cur bacadh air cothrom a thaobh ionnsachaidh cinnteach gu bheil a h-uile cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh an ìre as fheàrr as urrainn dhaibh a ruigsinn. Aig an àm a tha an làthair dh'fhaodadh gur ann tro mheadhan na Beurla a nochdas an cothrom airson a bhith a' faighinn cuid de dh'fheuman is de sheirbheisean-taic a thèid an comharrachadh. Airson seo a bhith soirbheachail, feumaidh a h-uile neach a tha an sàs ann a bhith a' toirt taic don làn raon de chlann is dhaoine òga le taic thargaidichte a bhith mothachail air modhan-obrach Foghlam Meadhan Gàidhlig. Chan eil e iomchaidh a bhith a' cleachdadh mheasaidhean tro mheadhan na Beurla gus feumalachdan a shònrachadh aig ìre far a bheil ionnsachadh na cloinne a' cur cuideam air a bhith a' leasachadh na Gàidhlig. Tha seo gu tur mì-iomchaidh.



14.3 Tha feum air **poileasaidhean** airson a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a tha a' toirt làn aire do reachdas mar riatanas aig ìre ùghdarras ionadail 's aig ìre sgoile. Bu chòir seo leantainn air adhart gu tuigse is dealas nas làidire gu bheil Foghlam Meadhan Gàidhlig freagarrach do gach leanabh is gach neach òg, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feum air taic len ionnsachadh. Chan eil gluasad bho Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gu Foghlam tro Mheadhan na Beurla, mar a thathar a' dèanamh ann an cuid de sgoiltean, idir na fhreagairt a thaobh a bhith coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga.

14.4 Tha amasan is cinn-uidhe a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014* a' cur uallach air an luchd-obrach uile coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha seo a' riochdachadh a' chleachdaidh as fheàrr ann an ionnsachadh agus ann an teagasg. Tha **ionnsachadh air a phearsanachadh** a' ciallachadh ionnsachadh is teagasg a th' air ullachadh a rèir feuman an luchd-ionnsachaidh. Bidh an luchd-obrach a' dèanamh seo tro bhith eòlach air an luchd-ionnsachaidh 's a' togail air an ro-ionnsachadh gus am bi e comasach do gach neach-ionnsachaidh com-pàirteachadh, a dhol air adhart 's a bhith soirbheachail. Tha ionnsachadh a tha pearsanta a' cur cuideam air gach neach-ionnsachaidh fa leth bhon ìre as tràithe suas gu ionnsachadh fad beatha. Tha an luchd-ionnsachaidh an sàs ann a bhith a' planadh na h-ath cheumnan ann an ionnsachadh agus cuideachd ann a bhith a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh de na teisteanasan a dh'ullaicheas iad air a shon agus an ìre aig am bu chòir dhaibh a bhith, a' gabhail suim de na cothroman 's de na riatanasan-inntrigidh a thaobh foghlam adhartach is àrd-fhoghlam agus cothroman obrach, cho math ri neartan is ùidhean. Tha pearsantachadh a' ciallachadh gu bheil raon fharsaing de mhodhan-obrach ann a thaobh ionnsachaidh, teagaisg is measaidh.

14.5 Feumaidh an luchd-obrach air fad uallach a ghabhail airson a bhith a' planadh prògraman ionnsachaidh freagarrach do chlann is do dhaoine òga air fad ge bith de an comas, gus cothrom a thoirt do gach neach-ionnsachaidh **an còir air foghlam a tha a' coinneachadh ris na feuman aca** fhaighinn. Thar nan ìrean, cha bu chòir do sgoiltean a bhith dhen bheachd a thaobh clann is daoine òga aig a bheil feum air taic a bharrachd len ionnsachadh, nach eil e comasach dhaibh cànan a thogail no ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

## 15. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

### Prìomh fhiosrachadh:

- Ann am 'Modh-obrach 1+2'<sup>7</sup> faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Feumaidh gach oidhirp a bhith air a dhèanamh gus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a bhith air a ghabhail a-steach ann an curraicealam 3-18.

**15.1** Is e cothrom a th' ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) do chlann is do dhaoine òga a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den churraicealam. Mar phàirt de phlanadh airson 'Modh-obrach 1+2'<sup>8</sup> faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Tha a leithid de chothroman ann an-dràsta agus canar Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLIBS) riutha. Aig ìrean na h-àrd-sgoile, canar Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ris na teisteanasan nàiseanta. Bithear a' cleachdadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) mar abairt thar co-theacsaichean a' churraicealaim 3-18 air fad agus nas fharsaing na sin. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus am Modh-obrach 1+2 ag àrdachadh ionnsachadh cànanain san fhoghlam fharsaing choitcheann. Tha am foillseachadh aig Foghlam Alba, An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Cànanain ann an Alba: Modh-obrach 1+2'<sup>9</sup> a' comharrachadh gu bheil a' misneachadh ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do na sgoiltean aca a thaobh a bhith a' libhrigeadh prògram rianail airson FLI a bhios a' leantainn air adhart gu duaisean is teisteanasan.

---

<sup>7</sup> [Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

<sup>8</sup> [Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

<sup>9</sup> [An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2' Foghlam Alba 2014

## 16. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig: curraicealam 3-18 agus Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha na h-inbhean airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) 3-18 stèidhichte air Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais bhon ìre thràth chun cheathramh ìre agus sònrachaidhean Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus duaisean is teisteanasan eile.
- Tha Modh-obrach 1+2 airson Ionnsachadh Cànan a' tabhann frèam-obrach chudromach a thaobh a bhith a' meudachadh an àireamh den fheadhainn a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam tro Mheadhan na Beurla.
- Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus Modh-obrach 1+2 le chèile ag adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig san fhoghlam fharsaing choitcheann mar leantainneachd ann an ionnsachadh le cothroman airson duaisean agus teisteanasan san ìre as sine.
- Tha ceanglaichean gluasad air adhart èifeachdach eadar earrannan na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile cudromach ann a bhith a' togail air an ionnsachadh cànan a chaidh air adhart aig ìrean na bun-sgoile.
- Tha ionnsachadh cànan a bharrachd, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ma dh'fhaoidte, na chòir do na h-uile mar phàirt den fhoghlam fharsaing choitcheann suas gu deireadh AS3, taobh a-staigh raon nan cànan sa churraicealam.

### Prìomh fhiosrachadh bhon Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig

- Faodaidh clann agus daoine òga cumail orra no tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh air feadh an fhoghlaim fharsaing choitcheann.
- Bu chòir do ùghdarrasan foghlaim eòlas air ionnsachadh cànan a tha aig àrd-inbhe agus adhartach a thoirt seachad ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig le amas air seo a chumail a' dol don fhoghlam àrd-sgoile gu Teisteanasan Nàiseanta agus duaisean sa Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig an ìre as Sine.
- Nuair a tha an solar meadhain-Ghàidhlig agus meadhain-Bheurla còmhla anns an aon sgoil, bu chòir cothroman a bhith ann do dhaoine òga ann am foghlam tro mheadhan na Beurla a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ionnsachadh mu chànan agus cultar na Gàidhlig mar phàirt de dh'fhèin-aithne na h-Alba.
- A thaobh feallsanachd agus àrainneachd, bu chòir don sgoil agus don ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach agus ri chluinntinn mun cuairt na sgoile. Faodar seo a dhèanamh le Gàidhlig a thoirt an lùib ghnìomhan làitheil leithid cho-chruinneachaidhean, clubaichean bracaist agus ann an seòmraichean-ithe na sgoile. Bu chòir a' Ghàidhlig a dhaingneachadh tro shoidhnichean, làraich-lìn agus conaltradh sgoile.

**16.1** Tha na h-inbhean airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) 3-18 stèidhichte air Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais bhon ìre thràth chun cheathramh ìre agus sònrachaidhean Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus duaisean is teisteanasan eile. Feumaidh a' Chomhairle seo airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith air a leughadh an co-bhann ris na sgrìobhainnean buntainneach eile a tha a' gabhail a-steach:

- Stiùireadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais;
- An dreuchd aig Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am Modh-obrach 1+2'
- A' measadh adhartas is coileanadh airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus na frèaman-obrach gluasad air adhart a tha co-cheangailte riutha;
- Stiùireadh is Comhairle mu Modh-obrach 1+2;
- Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig; agus
- Duaisean agus teisteanasan Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, a' gabhail a-steach na feadhainn airson N3 suas gu Sàr Àrd Ìre.

**16.2** Tha cùrsaichean ann do dhaoine òga a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla a' **Ghàidhlig ionnsachadh mar dhàrna cànan**. Sa bhun-sgoil, canar Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLIBS ) riutha agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) san àrd-sgoil. Tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a-nis ri fhaotainn suas gu Sàr Àrd Ìre. Tha ùidh mhòr aig na daoine òga sin air fad gu ìre mhòr sna fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh aca. A-nis tha eisimpleirean de dheagh chleachdadh ann an ionnsachadh is teagasg thairis air an dà chuid a' bhun-sgoil 's an àrd-sgoil gus togail air am Modh-obrach 1+2 airson Ionnsachadh Cànan.

**16.3** Tha *Modh-obrach 1+2 airson Ionnsachadh Cànan* a' tabhann frèam-obrach chudromach a thaobh a bhith a' meudachadh an àireamh den fheadhainn a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann am foghlam tro Mheadhan na Beurla. Faodaidh clann tòiseachadh ag ionnsachadh na Gàidhlig mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann am P1 no P5. Tha na cothroman sin air an ainmeachadh mar Ionnsachadh Cànan sa Bhun-sgoil agus gu sònraichte a thaobh na Gàidhlig, **Ionnsachadh Cànan na Gàidhlig a tha a' dol an àite an teirm Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil**. Aig ìrean na h-àrd-sgoiltean, tha còir dhaoine òga a thaobh ionnsachaidh cànan a tha a' leantainn air adhart air a bhith air an ainmeachadh mar **Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)**. Tha cothroman ann do dhaoine òga an t-adhartas aca tro Theisteanasan Nàiseanta a chomharrachadh suas gu Sàr Àrd Ìre. Is e teirm a th' ann am **Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ( FLIG) a tha a' gabhail a-steach 3-18 agus an dèidh sin**.

**16.4** Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus Modh-obrach 1+2 le chèile ag adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig san fhoghlam fharsaing choitcheann mar leantainneachd ann an ionnsachadh. Aig an àm a tha an làthair, tha **dùbhlain ann a thaobh planadh èifeachdach de FLI** mar leantainneachd ann an ionnsachadh. Faodaidh cothrom a thaobh libhrigeadh a bhith air a stiùireadh a rèir 's ma tha luchd-obrach le teisteanasan iomchaidh rim faotainn agus uaireannan a rèir ùidhean cheannardan bhun-sgoile no àrd-sgoile.

**16.5** Tha ceanglaichean **gluasad air adhart** èifeachdach eadar earrannan na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile cudromach ann a bhith a' togail air an ionnsachadh-cànan a chaidh air adhart aig ìrean na bun-sgoile. Tha feum aig luchd-ionnsachaidh air leantainneachd nan cuid ionnsachadh cànan agus iad a' gluasad air adhart bho bun-sgoiltean gu àrd-sgoil. Leigidh seo leis a' chloinn togail air an ionnsachadh aca gu h-èifeachdach mar a bhios iad a' gluasad suas gu AS1 is nas fhaide air adhart na sin. Bu chòir dha a bhith comasach do dhaoine òga leantainn air adhart no tòiseachadh air a' Ghàidhlig ionnsachadh tron fhoghlam fharsaing choitcheann. Sa mhòr chuid de shuidheachaidhean, is dòcha gur e L2 a bhios ann an sin, an cànan a

bha iad ag ionnsachadh bho P1. Far a bheil e comasach leantainneachd ann an L3 san àrd-sgoil a thoirt seachad, bidh seo a' tabhann adhartas a bharrachd ann an ionnsachadh cànan. Chaidh am poileasaidh airson 1+2 Cànanan a lasachadh beagan gus leigeil le barrachd chloinne leantainn air adhart le L3 a-steach dhan àrd-sgoil mar am prìomh chànan a bharrachd aig ìrean na h-àrd-sgoile. Bhiodh e air leth math, mar sin, nam biodh e comasach dhan àrd-sgoil cothroman a thabhann airson tuilleadh ionnsachaidh den aon L2 is L3. Dh'fhaodadh seo a bhith tro chlasaichean a dh'aon ghnòthach, tro roghainn san fhoghlam fharsaing choitcheann no tro theisteanas a bharrachd san ìre as àirde. Aig AS3, faodaidh clasaichean a dh'aon ghnòthach cuideachd cothrom a thoirt do dhaoine òga a bhith a' cosnadh Duais an SQA a thaobh Cànanan airson Beatha is Obair agus Duais Eòlas na h-Alba..

**16.6** Tha a' chomhairle ann an Stiùireadh Foghlam Alba sa Modh-obrach 1+2 airson ionnsachadh Cànan a' buntainn ri FLI cuideachd. Ach, bu chòir a bhith mothachail **gu bheil am frèam-obrach adhartais aige fhèin aig FLI, Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus na stòrasan a tha na chois.**

**16.7** Tha sgrìobhainn Foghlam Alba, *Stòras Ionnsachaidh Proifeiseanta: A' Measadh adhartas agus coileanadh airson na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)*, agus am frèam-obrach adhartais a tha na chois a' toirt **comhairle air ionnsachadh, teagasg agus measadh**. Tha na h-abairtean adhartais a' sònrachadh prìomh chlachan-mìle a bu chòir do chlann 's do dhaoine òga a bhith a' coileanadh aig gach ìre den churraicealam. Feumaidh FLI a bhith air fhighe a-steach thar a' churraicealaim ann an dòigh a th' air a phlanadh is a tha adhartach is rianail agus leasan an Gàidhlig a chur ris gus a' chlann is na daoine òga a chuideachadh ann a bhith a' ceangal gach taobh den ionnsachadh ri chèile. Feumaidh plana soilleir a bhith aig na sgoiltean agus sealladh farsaing a tha a' cur an cèill slatan-tomhais airson soirbheachas agus a' dèanamh cinnteach gu bheil rian ann am fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh.

**16.8** Ann a bhith a' leasachadh **feallsanachd** a thaobh a' churraicealaim, feumaidh luchd-obrach, daoine òga, pàrantan agus com-pàirtichean a bhith soilleir mu adhbhar agus luach Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Faodaidh seo a bhith air a chur ann an co-theacsa le bhith ag ionnsachadh mu dhearbh-aithne na h-Alba, le fòcas air an luach agus air na tha cànan is cultar na Gàidhlig a' cur ris.

**16.9** Bu chòir don chloinn is do na daoine òga air fad an cothrom a bhith aca cànan a bharrachd (L2) ionnsachadh bho P1. Far a bheil solair tro Mheadhan na Beurla agus tro Mheadhan na Gàidhlig rim faotainn san aon sgoil, tha e cuideachail a thaobh a bhith a' leasachadh tuigse co-roinnte agus beachdan deimhinneach agus in-ghabhalach, ma bhios a' chlann air fad a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla a' faighinn cothroman a' Ghàidhlig ionnsachadh mar L2 no L3, no mu chànan is chultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbh-aithne na h-Alba.

**16.10** Tha ionnsachadh cànan a bharrachd, mar a' Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), na chòir do na h-uile mar phàirt den fhoghlam fharsaing choitcheann suas gu deireadh AS3, taobh a-staigh raon nan cànan sa churraicealam. Chan eil eòlas air a' Bheurla gu tur a' dèiligeadh ris an raon seo den churraicealam. Cha dèan a h-uile neach òg làn-chùrsa cànan bho AS1 gu AS3, mur

a bi seo a rèir am feumalachdan. Ach, bu chòir eòlas air cànan fhathast a bhith na phàirt den churraicealam aca. Cha bu chòir do sgoiltean a bhith dhen bheachd nach fheum daoine òga aig a bheil feum air taic len ionnsachadh cànan eile ionnsachadh idir.

**16.11** Bho AS1 gu AS3, bu chòir do dhaoine òga cànan eile ionnsachadh a thuilleadh air L2. Faodaidh **Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), a bhith aig ìre L2 no L3**. Cha leig L3 a leas a bhith na chànan a chaidh ionnsachadh mar L3 aig ìre na bun-sgoile, ged a dh'fhaodadh e a bhith mar sin. 'S dòcha nach bi e comasach an cànan sin ionnsachadh chun na h-aon ìre ri L2 ach feumaidh e a bhith na fhèin-fhiosrachadh a bhios a' gluasad air adhart a tha a' dol nas doimhne na bhith dìreach ag ionnsachadh briathrachas. Faodaidh sgoiltean seo a libhrigeadh tro obair eadar-chuspaireil, cùrsa goirid no roghainn, mar eisimpleir. Ann a bhith a' planadh fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh spreigeach, bu chòir do luchd-obrach a bhith mothachail air a' chothrom Duais Cànanan airson Beatha agus Obair a chosnadh tro bhith ag ionnsachadh aon no barrachd chànanan agus cuideachd sgilean a bhiodh feumail airson obair. Dh'fhaodar cuideachd beachdachadh air Duais Eòlas na h-Alba.

**16.12** Bu chòir do sgoiltean aig nach eil luchd-obrach a th' air an trèanadh airson na Gàidhlig a theagasg mar phàirt de dh'ionnsachadh cànan sa bhun-sgoil beachdachadh air feum a dhèanamh de phrògraman a th' air an ullachadh le buidhnean Gàidhlig leithid Fèis Sgoil. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic *Tuilleadh stiùireadh mu L3 taobh a-staigh poileasaidh 1+2*.

**16.13** Feumaidh ionnsachadh na Gàidhlig faireachdainn de dh'**adhbhar agus spreigeadh** a chruthachadh a thaobh ionnsachadh cànan. Tha na feartan a tha an cois an ionnsachaidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag ionnsachadh gu neo-eisimeileach; a' gabhail uallach airson ionnsachadh; ionnsachadh gnìomhach; ionnsachadh com-pàirteachail; agus a' cur ionnsachadh an cèill agus a' leasachadh sgilean.

**16.14** Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil **builean ionnsachaidh air an deagh mhìneachadh** agus air an ceangal ri gnìomhan agus ri tachartasan. Tha seo an uair sin a' toirt a' chothruim do luchd-ionnsachaidh an t-eòlas, na sgilean 's an tuigse, na comasan is na buadhan aca a chur an cèill agus uallach a ghabhail airson a bhith a' sgrùdadh an adhartais fhèin. Tha luchd-ionnsachaidh a' tighinn air adhart aig astar eadar-dhealaichte agus feumaidh iad diofar ìrean taic airson gnìomhan is tachartasan. Feumaidh tidsearan cuideachd a bhith mothachail air an ro-ionnsachadh a th' aig clann is daoine òga agus mar a dh'fhaodas seo a bhith caochlaideach.

**16.15** Feumaidh luchd-obrach **misneachd na cloinne agus nan daoine òga a thogail** a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' dèanamh tòrr feum dhen Ghàidhlig an dà chuid ann an suidheachaidhean foirmeil is neo-fhoirmeil gus luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig iad fhèin. Tha **'na taobhan cudromach de dh'ionnsachadh' agus na h-aithrisean adhartais a tha co-cheangailte riutha** a' comharrachadh clachan-mìle ann an ionnsachadh agus ann an coileanadh chloinne is dhaoine òga. Feumaidh sgoiltean sgrùdadh agus tracadh a dhèanamh air adhartas is coileanadh chloinne a thaobh

Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), stèidhichte air measadh agus dearbhadh earbsach. Bu chòir dha na pròiseasan sin dearbhadh gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas a th' aig deagh astar. Feumaidh iad cuideachd taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus eòlas fhaighinn air an dòigh san leasaich iad an cuid obrach leis an luchd-obrach a' cur nan toraidhean an sàs.

**16.16** Bidh coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh air an clàradh ann an **Dealbh Sgoilear P7 agus AS3**. Tha e cudromach comharrachadh agus cunntas fhaighinn air na tha luchd-ionnsachaidh air a choileanadh, agus stiùir shoilleir a thoirt mu far a bheil luchd-ionnsachaidh a thaobh am fileantachd sa Ghàidhlig agus na h-ath cheumannan aca nan ionnsachadh. Tha dealbhan sgoilear a th' air an deagh chumail agus làn fianais nan clàran feumail gus a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' dèanamh adhartas iomchaidh. Tha an Dealbh Sgoilear feumail airson gluasad air adhart a thaobh ionnsachaidh is adhartais thar an fhoghlam fharsaing choitcheann gu slighean san ìre as sine, gu cothroman obrach san àm ri teachd agus gu trèanadh. Bu chòir do luchd-obrach a bhith mothachail don chothrom a th' ann a bhith ag aithneachadh coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh tro bhith a' cleachdadh **duaisean** leithid:

- Duais Cànanan airson Beatha agus Obair a tha a' gabhail a-steach a bhith ag ionnsachadh aon chànan no barrachd agus cuideachd sgilean a bhios feumail airson obair, agus
- Duais Eòlas na h-Alba a tha a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh an sgilean, an eòlais agus an tuigse air Alba, a thaobh nan daoine a tha ann, cànanan (mar eisimpleir Albais agus Gàidhlig), comann, cultar, an àrainn nàdarra is dualchas, agus ceanglaichean a dhèanamh thar a' churraicealaim. Faodaidh am Barantas Nàiseanta ann an Eòlas Ceilteach cothroman a thoirt, gu sònraichte tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas le colaistean.

### Modail libhrigidh a bharrachd airson L3

**16.17** An-dràsta, aig ìrean na bun-sgoile, faodaidh clann a tha a' faighinn eòlas coileanta agus adhartach air L3 bho P5-P7 roghnachadh leantainn orra leis a' chànan sin a-steach gu S1 agus gu deireadh an fhoghlaim fharsaing choitcheann. Air adhbharan planadh curraicealam àrd-sgoile, is e L2 nan daoine òga a bhios ann. Airson seo a thoirt gu buil, feumaidh clann a bhith air an dàrna ìre a choileanadh, no a bhith "a' tighinn faisg air an dàrna ìre" ro dheireadh P7. A thuilleadh air sin, bu chòir slighean a bhith ann gu Teisteanasan Nàiseanta, duaisean eile agus ionnsachadh stèidhichte air obair airson a' chànan sin anns an ìre as sine. Gus seo a choileanadh, feumaidh planadh airson cànan L3 eòlas ionnsachaidh co-leantaileach agus adhartach a libhrigeadh bho P5-P7.

**16.18** Seo ceuman feumail airson fèin-mheasadh a stiùireadh, a' gabhail a-steach am modail libhrigidh gus clann a thoirt don dàrna ìre, no a bhith "**tighinn faisg air an dàrna ìre**" ro dheireadh P7:

- Dèan ath-sgrùdadh air feallsanachd a' churraicealaim, gu h-àraidh a rèir a' cho-theacsa ionadail, gus faighinn a-mach a bheil meudachadh na h-àireimh a thig

faisg air an dàrna ìre de Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) na phrìomhachas airson na sgoile.

- Obair còmhla ris na bun-sgoiltean eile anns a' bhuidheann sgoiltean agus an àrd-sgoil co-cheangailte gus eòlas ionnsachaidh coileanta 3-18 a dhealbhadh.
- Dèan cinnteach gu bheil ceanglaichean làidir eadar eòlaichean bun-sgoile agus àrd-sgoile a tha a' libhrigeadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).
- Dèan ath-sgrùdadh air structar a' churraicealaim gus faicinn mar a bhiodh planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh a' toirt cothrom do choileanadh na cloinne a bhith a' tighinn faisg air an dàrna ìre.
- Dèan ath-sgrùdadh air dè cho math 's a tha co-theacsan a' churraicealaim air an cleachdadh mar dhòigh air builean a mheudachadh airson na Gàidhlig agus a bhith a' cuideachadh dhaoine òga ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean nan ionnsachadh.
- Dèan ath-sgrùdadh air mar a tha com-pàirtichean agus buidhnean Gàidhlig air an cleachdadh gus an ùine a tha air a shònrachadh do Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) anns a' churraicealam a mheudachadh.
- Dèan plana airson adhartas agus co-leanailteachd le bhith a' cleachdadh nan Eòlasan agus Builean airson sealltainn mar a leasaicheas sibh fiosrachadh, sgilean, feartan agus comas anns na ceithir comasan.
- Dealbhaich cleachdadh Shlatan-tomhais a' Churraicealam airson Sàrmhathais airson na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) gus aithrisean soilleir a dhèanamh mun eòlas agus comas a dh'fheumas a bhith aig luchd-ionnsachaidh gus ìre a choileanadh.
- Dealbhaich mar a thèid Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a thoirt a-steach do bheatha agus obair na sgoile.
- Cleachd prionnsapalan dealbhadh curraicealaim airson planadh ionnsachadh gus clann a bhrosnachadh a thaobh na Gàidhlig. Gu sònraichte, dèan cinnteach gu bheil clann a' tuigsinn buntainneas na Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' ruigsinn ceann-uidhe tarbhach às dèidh an sgoil fhàgail.

Airson barrachd fiosrachaidh mu libhrigeadh L3 sa churraicealam 3 - 18, faic [Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2 – Tuilleadh Stiùiridh air L3 taobh a-staigh a' phoileasaidh 1+2](#)

Tha e an urra ri sgoiltean co-dhùnadh air dealbhadh mionaideach a' churraicealaim, a' cleachdadh na sùbailteachd a tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' toirt dhaibh, gus dèanamh cinnteach gu bheil coileanadh na cloinne "a' tighinn faisg air an dàrna ìre".

### 16.19 Ceistean Dùbhlain

Tha na ceistean measaidh a leanas gan libhrigeadh gus fèin-mheasadh airson leasachadh a stiùireadh. Buinidh iad ris na comharraidhean càileachd ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (eagan 4). Bu chòir an cleachdadh leis a' Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.



## Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar dòigh-obrach a thaobh leasachadh?

- Dè cho math 's a tha cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig ga thoirt an lùib sealladh, luachan agus amasan na sgoile?
- Dè cho math 's a tha an sgoil a' gabhail sùim do phlanadh airson leasachadh ann an FLI? Ciamar a ghabhas buaidh a shealltainn?
- Dè cho eòlach 's a tha luchd-obrach air Modh-obrach 1+2 airson Chànanan, gu h-àraidh mar a bhuineas e ri FLI? A bheil iad a' planadh atharrachadh air a' mhodail libhrigidh gus leigeil le clann taisbeanadh gu bheil iad "a' tighinn faisg air" an dàrna ìre?
- Dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt fa-near Plana Gàidhlig an ùghdarras ionadail? Dè cho math 's a tha an sgoil a' cur ri coileanadh amasan a' Phlana Ghàidhlig?
- Dè an t-ionnsachadh proifeiseanta, a' gabhail a-steach gnìomhan co-obrachail, air am faigh luchd-dreuchd cothrom gus an cuideachadh a' libhrigeadh eòlasan de chàileachd àrd?

## Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha sinn a' tabhann?

- Dè cho math 's a tha an curraicealam air òrdachadh gus an fheadhainn a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar L2 a chuideachadh ann a bhith a' coileanadh - eòlasan is builean na dàrna ìre ro dheireadh P7? (no a bhith faisg air an dàrna ìre)  
- builean na treas ìre ro dheireadh an fhoghlaim fharsaing, choitcheinn?
- Dè cho math 's a tha an curraicealam air òrdachadh gus clann agus daoine òga a chuideachadh a thaobh adhartas math, seasmhach a dhèanamh ann an FLI?
- Dè cho math 's a tha FLI, mar L2 no mar L3, air a dhaingneachadh thar a' churraicealaim agus a cho-theacsa? A bheil cothrom cunbhalach aig clann is daoine òga air Gàidhlig ionnsachadh, a chluinntinn agus a chleachdadh?
- Dè cho math 's a tha sgoiltean a' planadh airson gluasad agus leantail eachd ann an ionnsachadh eadar agus thar prìomh ìrean?
- Dè cho èifeachdach 's a tha dealbhadh curraicealam na h-àrd-sgoile ann am foghlam fharsaing, coitcheann a thaobh adhartas bhon bhun-sgoil a dhèanamh comasach airson L2 agus a' leigeil le daoine òga eòlas fhaighinn air L3?
- Dè cho math 's a tha an curraicealam a' leasachadh sgilean cànanain cloinne is dhaoine òga uile ann an èisteachd, bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh ann an dòigh iomlanach?
- Dè an uiread gu bheil an curraicealam a' meudachadh tuigse cloinne is dhaoine òga air na buannachdan sòisealta, eaconamach, cultarach, àrainneachail, eachdraidheil, cànanach agus dreuchdail a thig bho Gàidhlig ionnsachadh?
- Dè cho math 's a tha measadh leantail each agus ùineach ga chleachdadh airson clann agus daoine òga a chuideachadh a' tuigsinn ciamar a tha iad a' faighinn air adhart?
- Dè cho math 's a tha ionnsachadh, teagasg agus measadh san treas bliadhna san àrd-sgoil a' deasachadh dhaoine òga airson gluasad gu h-adhartach don ìre as sine? Ciamar a thathas a' dèanamh cinnteach gu bheil duaisean agus

Teisteanasan Nàiseanta airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) nan roghainn tharraingeach san ìre as sine?

- Dè cho math 's a tha an sgoil ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-solair eile gus taic a thoirt do ionnsachadh cloinne is dhaoine òga?
- Ciamar a tha suidheachaidhean foghlam tràth agus cùram cloinne, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean a' co-obrachadh gus a bhith cinnteach às cunbhalachd agus adhartas ann an eòlasan ionnsachaidh cloinne agus dhaoine òga? Bho ìre gu ìre, a bheil clann is daoine òga a' cumail orra le Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)? Mura h-eil, dè cho math 's a tha an anailis air carson, agus fuasglaidhean gan lorg?
- Dè cho math 's a tha luchd-teagaisg a' planadh airson adhartas?
- Dè cho èifeachdach 's a tha gnìomhan ionnsachaidh gan eagrachadh gus sgilean cloinne is dhaoine òga a neartachadh ann an èisteachd, bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh na Gàidhlig agus mar a bhuineas iad ri chèile?
- Am bi luchd-teagaisg Gàidhlig L2 agus L3 a' sìor mheudachadh an uiread Gàidhlig a chleachdas iad airson òrdughan a thoirt seachad, agus conaltradh eile, mar phàirt de dh'ionnsachadh sa chlas agus ann an suidheachaidhean eile?
- A bheil daingneachadh gu leòr ga dhèanamh air briathrachas is gràmar ùr gus dèanamh cinnteach gu bheil clann is daoine òga a' leasachadh fileantachd?
- Dè cho math 's a tha luchd-teagaisg a' dol an sàs gus càileachd agus pongalachd sgilean cànan beòil cloinne is dhaoine òga a leasachadh?
- Dè cho math 's a tha ionnsachadh cloinne is dhaoine òga a' ceangal ri, a' cur an sàs agus a' togail air na dh'ionnsaich iad ann an leasan roimhe?

### **Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr airson ar luchd-ionnsachaidh uile?**

- Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga a' ruigsinn bhuilean?
- Anns an fhoghlam fharsaing, choitcheann, dè an uiread gu bheil luchd-teagaisg a' dol an sàs anns na Slatan-tomhais Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) gus tuigse fhaighinn air inbhean?
- Anns an ìre as sine, a bheil tagraidhean airson Theisteanasan Nàiseanta a' sealltainn deagh leantail eachd agus reataichean pas matha? Dè a' chàileachd phasaichean a th' ann aig an ìre as sine?
- Ciamar a tha fios aig luchd-teagaisg, agus a' chlann agus daoine òga fhèin, gu bheil adhartas freagarrach ga dhèanamh ann an leasanan FLI?
- Dè cho soirbheachail 's a tha oidhirpean gus clann agus daoine òga a thoirt an lùib chothroman coileanaidh, a' gabhail a-steach tachartasan agus gnìomhan sa choimhearsnachd far an urrainn dhaibh an sgilean Gàidhlig a chleachdadh?
- Dè an ìre gu bheil clann agus daoine òga a' nochdadh dòighean-smaoineachaidh brosnachail agus toileachas ann an Gàidhlig ionnsachadh?
- Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga a' cur an cèill buannachdan Gàidhlig ionnsachadh agus dà-chànanas a leasachadh?
- Far a bheil e iomchaidh, a bheil clann agus daoine òga a' faighinn taic iomlan agus cuimsichte gus an ionnsachadh Gàidhlig a chuideachadh?

- Dè cho math 's a tha feallsanachd an àite-foghlaim a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig? A bheil dòigh-smaoineachaidh bhrosnachail ann a thaobh Gàidhlig ionnsachadh?
- Dè cho stèidhichte 's a tha cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean agus sanasachd anns an àite-foghlaim?
- Dè cho math 's a tha Gàidhlig ga cleachdadh gu neo-fhoirmeil agus gu foirmeil airson conaltradh beòil is sgrìobhte? A bheil a' Ghàidhlig follaiseach gu leòr aig tachartasan na làn-sgoile?

## 17. Ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar na Gàidhlig

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig na fheart a th' aig teis-mheadhan a bhith ag ionnsachadh mu Alba agus a' cuideachadh chloinne is dhaoine òga gus a bhith a' ceangal na Gàidhlig ris an eòlas agus an tuigse a th' aca air Alba.

**17.1** Is e feart chudromach den Churraicealam airson Sàr-mhathais an cuideam a tha e a' cur air ionnsachadh mu Alba. Tha *Togail a' Churraicealaim 3* a' cur an cèill gu bheil còir aig clann is daoine òga air foghlam farsaing coitcheann. 'Tron churraicealam fharsaing seo thathar a' sùileachadh gum bi cuideam air a chur air co-theacsan Albannach, cultaran Albannach agus eachdraidh is àite na h-Alba san t-saoghal.'Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar na h-Alba na fheart chudromach a thaobh cloinne agus daoine òga a bhith ag ionnsachadh mun dùthaich aca fhèin agus a dearbh-aithne. Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig aig teis-mheadhan a bhith ag ionnsachadh mu Alba agus a' cuideachadh chloinne agus dhaoine òga gus a bhith a' ceangal na Gàidhlig ris an eòlais is an tuigse a th' aca air Alba. Tha seo a' cuideachadh gus a bhith a' cruthachadh bheachdan fiosrachail airson dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd agus spèis aig a' Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, agus tric a' brosnachadh na cloinne gus a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

**17.2** Faodar ionnsachadh mu chànan is mu chultar na Gàidhlig tro bhith ag ionnsachadh ann an cuspairean, raointean den churraicealam, pròiseactan air cuspairean, modhan-obrach eadar-chuspaireil air am planadh, no tro thachartas roghnach no beairteachaidh a bhios a' ruith airson fad an t-seisein no pàirt dheth. Tha an stòras *A' Sgrùdadh Alba* a' buileachadh cothrom a bhith ag ionnsachadh mu chànan, cultar, dualchas, ceòl, eachdraidh, cruinn-eòlas agus litreachas na h-Alba. Tha àite aig com-pàirtichean, a' choimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig ann a bhith a' cuideachadh chloinne gus a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig. Faodar duaisean agus teisteanasan mar Eòlas na h-Alba, Duais Iain Muir, Am Barantas Nàiseanta ann an Eòlas Ceilteach agus na Duaisean Adhartais Nàiseanta a chleachdadh gus a bhith a' toirt aithne do choileanaidhean nan daoine òga. Faodar cuideachd iomradh a thoirt air an fhoillseachadh, *An Curraicealam airson Sàr-mhathais Brath-ullachaidh, Ag Ionnsachadh mu Alba*.